



Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba

# Aithisg Bhliadhnail agus Aithrisean Ionmhasail

airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019


Carthannas Clàraichte: SC006187







Is e Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba a' chiad bhuidheann neo-eisimeileach, fèin-riaghlaidh san t-saoghal airson teagasg. Is e ar dleastanas a bhith a' cumail suas agus ag àrdachadh ìrean teagaisg agus a' brosnachadh dreuchd teagaisg ann an Alba, airson math a' phobail. Anns an aithisg seo tha sinn a' beachdachadh air an obair a tha sinn air a dhèanamh thar na bliadhna às leth luchd-clàraidh, daoine òga agus coimhearsnachdan air feadh na h-Alba.



## Sgioba Rianachd Corporra agus Roinnean

Tha an Sgioba Rianachd Corporra (CMT) an urra ri obair agus rianachd GTC Alba. Tha an Ceannard an urra ris an CMT agus Oifis a' Cheannaird

Tha an Stiùiriche Conn-Riaghailt agus Seirbheisean Laghail a' toirt stiùir air leasachadh poileasaidh conn-riaghailteach agus laghail agus tha ùghdarras san fharsaingeachd aige airson nan sgiobaidhean Conn-Riaghailt agus Seirbheisean Laghail

Tha uallach san fharsaingeachd aig Stiùiriche Seirbheisean Corporra airson:

- Conaltradh agus Seirbheisean Didseatach
- Stòrasan Daonna
- Leasachadh Gnothachais
- Ionmhas agus Solarachd

Tha uallach san fharsaingeachd aig Stiùiriche an Fhoghlaim, Clàradh & Ionnsachadh Proifeiseanta airson:

- Foghlam agus Ionnsachadh Proifeiseanta
- Clàradh
- Taic Oileanach

## FÀILTE

|                               |   |
|-------------------------------|---|
| -Aithisg an Neach-gairm ..... | 5 |
| -Aithris a' Cheannaird .....  | 6 |

## AITHRIS NAN URRASAIREAN

|                                     |    |
|-------------------------------------|----|
| - Amasan agus Gnimhan .....         | 8  |
| -Coileanaidhean agus Dèanadas ..... | 10 |

## 1. Ag adhartachadh ionnsachadh proifeiseanta, teagasg is ceannardas de dh'àrd-chàileachd

|  |    |
|--|----|
| ·Lèirmheas de na Bun-tomhasan Proifeiseanta .....                                    | 10 |
| ·A' toirt taic do ionnsachadh proifeiseanta .....                                    | 10 |
| ·A' toirt taic do Lèirmheas Proifeiseanta agus Leasachadh de dh'àrd-chàileachd ..... | 11 |

## 2. Gnimhaich a chùm maith a' phobaill agus àrdaich cliù luchd-teagaisg na h-Alba

|  |    |
|--|----|
| ·Ag àrdachadh proifeiseantachd ann an roinn nan colaistean ..... | 12 |
| ·Barantachadh Institiudan Foghlam Thidseir .....                 | 12 |
| ·Clàradh Thidseir ann an sgoiltean neo-eisimeileach .....        | 12 |
| ·Siostam suidheachadh oileanach .....                            | 13 |
| ·Ag aithneachadh sàr-mhathais sa phroifeisean teagasg .....      | 14 |
| ·Riaghladh .....   | 15 |
| ·Riaghladh fiosrachaidh .....                                    | 16 |
| ·Conn-riaghailtean .....   | 16 |
| ·Clàradh .....   | 16 |

## 3. Leasachadh èifeachdas is comas eagrachais GTC ALBA

|  |    |
|--|----|
| ·Dol an sàs neach-ùidh .....                         | 17 |
| ·Ag àrdachadh seirbheisean didseatach .....          | 18 |
| ·Leasachadh in-phròiseasan is an àrainn-obrach ..... | 19 |
| ·Lèirmheas Ionmhasail .....                          | 20 |
| ·Structar, Riaghlachas is Rianachd .....             | 26 |
| ·Fios mu Chùisean Reifreans is Rianachd .....        | 30 |

|  |    |
|--|----|
| AITHISG LUCHD-SGRÙDAIDH ON TAOBH A-MUIGH ..... | 32 |
|--|----|

|                             |    |
|-----------------------------|----|
| AITHRISEAN IONMHASAIL ..... | 34 |
|-----------------------------|----|



## Aithisg an Neach-gairm

Mòran taing airson tìde a chaitheamh a' leughadh Aithisg Bhliadhnail GTC Alba 2018-19. Tha an aithisg seo a' toirt sealladh air obair a' chiad bhuidheann fèin-riaghailteachadh proifeiseanta airson teagaisg a chaidh a stèidheachadh air an t-saoghal ann an 1965.

Thòisich mise mar Neach-gairm na Comhairle sa Ghiblean 2018. Bidh mi mar chathraiche air coinneamhan na Comhairle, a' toirt ceannardas don Chomhairle agus do na 37 buill aice, bidh mi an sàs ann an raon de dhleasan co-cheangailte ri deas-ghnàthan, tosgaireachd agus uallaichean tiomnaichte eile. Nuair a chaidh mo shuidheachadh mar Neach-gairm bha làn dhùil agam gum biodh an dreuchd dùbhlanaich ach cha robh tuigse agam cho farsaing agus cho dhian 's a tha obair GTC Alba.

Mar neach-teagaisg a' dol tron chùrsa-dreuchd agam is dòcha nach robh uimhir de mhothachadh agam air farsaingeachd obair GTC Alba 's a bu chòir. An uair a thòisich na h-Inbhean Proifeiseanta Ùra ghabh mi barrachd ùidh sa bhuidhinn agus thàinig mi chun a' cho-dhùnaidh seasamh airson a bhith air Comhairle 2016-2018. Am

bliadhna tha sinn air faicinn GTC Alba ag èirigh a-mach às an obair iom-fhillte agus throm a thaobh stòrasan a bha an lùib a bhith a' dèiligeadh ri Lèirmheas Riaghlachais Riaghaltas na h-Alba a chur grunnan cheistean air a' bhuidhinn ag innse mòran mu chàileachd a chuid luchd-obrach agus mu na seirbheisean a tha iad a' libhrigeadh às leth nam ball clàraichte; agus an urram a tha aice a thaobh obair mar riaghlach teagaisg. San 12 mìos a chaidh seachad fhuair mi an cothrom farsaingeachd agus càileachd na h-obrach a tha GTC Alba a' coileanadh às leth nan 76,000 ball clàraichte, a chum buannachd chloinne agus choimhearsnachdan air feadh Alba, agus chan eil sin ach a' neartachadh mo chreideas gu bheil a dhreuchd ann am foghlam na h-Alba sàr chudromach agus riatanach.

Tha GTC Alba gu h-ìomchaidh air moladh nàiseanta agus eadar-nàiseanta fhaighinn airson obair ann an raointean clàraidh, conn-riaghailtean agus ionnsachadh proifeiseanta le pròiseactan ùr-ghnàthasach mar am portal ionnsachaidh, agus na Duaisean Sàr-mhathais ann an Ionnsachadh Proifeiseanta a'

stiuireadh bhon toiseach. Ach, chan urrainn dhuinn suidhe stòlda, agus tha Comhairle 2018-2020 a' toirt riaghlachas agus tar-shealladh do phrògram glè àrd-amasach a tha GTC Alba an sàs ann, cuid dhuibh air a bheilear a' toirt iomradh san aithisg seo.

Tha mise agus mo cho-urrairean air a' Chomhairle làn dhealasach gu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil GTC Alba a' leantainn air adhart a' togail air a' chliù a tha aige agus a' gleidheadh àrd irean de mhisneachd bhon phroifeisean agus bhon phoball nas farsainge a tha sinn a' frithealadh.

San aithisg seo cluinnidh sibh mu na ceumannan a thathar a' gabhail leis a' bhuidhinn gus cumail air adhart a' leasachadh agus ag àrdachadh a sheirbheisean do luchd-clàraichte agus gus taic agus leasachadh a dhèanamh air foghlam Alba. Bu mhath leam taing a thoirt dhuibh às ùr airson an ùidh a tha agaibh nar n-obair agus an taic a tha sibh a' toirt dhuinn.

**David Innes**



## Aithris a' Cheannaird

Tha mi toilichte a bhith a' cur far comhair Aithisg Bhliadhnail 2018–19 GTC Alba, a tha a' dèanamh aithris air mar a thathar a' coinneachadh ris na h-Amasan Ro-innleachdail a tha air an cur an cèill nar Plana Ro-innleachdail 2017–20.

Is e prìomh chuimse ar n-obair thar na bliadhna a chaidh seachad a bhith a' leasachadh ruigsinneachd, càileachd agus èifeachdas ar seirbheisean do ar luchd-clàraichte agus don phoball san fharsaingeachd.

Chuir sinn dà Oifigear Leasachaidh ùr ann an dreuchd a tha air a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail, luchd-clàraichte agus buidhnean phàrant air feadh Alba gus tuigse agus mothachadh a mheudachadh air feadh Alba mu dhreuchd GTC Alba. Tha iad air a bhith a' cruinneachadh fiosrachadh agus a' comharrachadh far a bheil beàrnan ann an eòlas gus am bi e comasach dhuinn dèiligeadh ri feumalachdan ar luchd-clàraichte. Tha mi ag ainmeachadh seo aig an toiseach oir tha mi dhan bheachd gu bheil a bhith a' cur Oifigearan Leasachaidh an dreuchd a' comharrachadh an rùn a tha againn leantainn oirnn ag èisteachd ri beachdan ar luchd-clàraichte agus a' nuadhachadh GTC Alba gus dèanamh cinnteach gum bi sinn ion-amasach sna bliadhnaichean a tha romhainn.

Le seo san amharc tha sinn an-dràsta a' leasachadh ar Plana Ro-innleachdail 2020–23. Bidh sinn a' cuimseachadh gu mòr air a bhith a' leantainn oirnn a' freagairt air feumalachdan ar luchd-clàraichte agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean a bhios sinn a' libhrigeadh a chùim math chan e a-mhàin luchd-clàraichte ach, gu cudromach, am poball san fharsaingeachd, clann agus daoine òga. Chan eilear tric a' tuigsinn gur e

buidheann carthannais a tha ann an GTC Alba, a tha neo-eisimeileach bho Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn ann gus a bhith airson leas a' phobaill le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil proifeisean an luchd-teagaisg cho èifeachdach 's as urrainn dha a bhith.

Sa bhliadhna a chaidh seachad tha sinn air maoin a chosg air prìomh-oifisean GTC Alba aig Taigh Clerwood le bhith a' coileanadh obair càraidh riatanach air a' phrìomh thogalach, ag àrdachadh an àrainn-obrach agus a' dèanamh leasachaidhean mòra air ar bun-structair IT. Bidh mòran luchd-clàraichte a' tadhal air Taigh Clerwood gach bliadhna airson taghadh de thachartasan, a' gabhail a-steach a bhith a' com-pàirteachadh ann an gnothachas na Comhairle agus coinneamhan Comataidh; seiseanan ionnsachadh proifeiseanta; tachartasan duaise; èisteachdan mu lomchaidheachd airson Teagasg (FtT) Clàradh Colaiste agus buidhnean obrach eile; agus na ceudan de choinneamhan là a bhios a' gabhail àite gus conaltradh a chumail agus leasachadh a dhèanamh air dreuchd GTC Alba. Buinidh Taigh Clerwood don luchd-clàraichte a tha a' pàigheadh an cis clàraidh de £65 gach bliadhna. Tha e cudromach gu bheil ar bun-structair de dheagh chàileachd agus mar àrainn a tha a' cur fàilte air daoine agus a tha a' brosnachadh breithneachadh saor agus cruthachail. Bu mhath leam cuireadh a thoirt do neach-clàraichte sam bith no buidheann de luchd-clàraichte tadhal air GTC Alba agus tuilleadh fhaighinn a-mach mun obair a tha sinn a' dèanamh, no gus na goireasan againn a chleachdadh airson tachartas.

Tha sinn mothachail gum faodadh duilgheadasan le IT a bhith na dhuilgheadas do luchd-clàraichte ann

an sgoiltean agus colaistean air feadh na tìr. Chan eil GTC Alba an còmhnaidh air ruigsinneachd fhurasta gu a sheirbheisean a thabhann agus tha seo uaireannan air cur ris an duilgheadas seo. Tha sinn air mòran stòrasan a chosg air a bhith a' dèiligeadh ri seo gus seirbheisean air-loidhne a thabhann do luchd-clàraichte a tha seasmhach, imfhiosach agus feumail. Leanaidh an obair seo air adhart thar na bliadhnaichean a tha romhainn.

Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair le com-pàirtichean thairis air foghlam Albannach gus teagasg a bhrosnachadh mar rogha cùrsa-dreuchd agus gus rannsachadh a dhèanamh air slighean ùra agus ùr-ghnàthasach a-steach don phroifeisean teagaisg. Thairis air 2018–19 rinn sinn lèirmheas air a' Mheòrachan air Riatanasan Inntigidh airson prògraman Tùs-threànadh Thidsear ann an Alba. Bha an eacarsaich a rinn sinn airson fiosrachadh a chruinneachadh airson an lèirmheas seo a' gabhail a-steach buidheann-obrach, lèirmheas air litreachas, sgrùdadh coimeasach mu na feumalachdan airson inntrigeadh do chomhairlean teagaisg eile agus co-chomhairleachadh nàiseanta. Fhuaras a-mach gun robh riatanasan inntigidh àrd agus dian aig Alba agus gu bheil miann ann seo a chumail suas. Ged nach robh iarrtas ann riatanasan inntigidh a lùghdachadh no riatanasan







**Tha sinn ann airson a bhith ag obair airson an ùidh phoblaich le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil proifeisean nan tidsearan cho èifeachdach agus as urrainn dha a bhith."**

inntigidh àrdachadh gu ìre sam bith, bha e cudromach gun do rinn GTC Alba an lèirmheas a bha seo gus dèanamh cinnteach gu bheil am Meòrachan iomchaidh agus ion-amasach.

Thairis air an àm aithriseach, tha obair air leantainn ann a bhith ag ùrachadh nan Inbhean Proifeiseanta agus an Còd Proifeiseantachd agus Giùlain. An dèidh builean Lèirmheas Riaghlachas Foghlaim anns an Ògmhios 2018, chaidh clàr-ama airson an lèirmheas seo a chur na àite agus dh'aontaich a' Chomhairle ris. Tha sinn a-nis a' coimhead ri bhith a' ruith co-chonaltradh mu na h-Inbhean ùra san fhoghar 2019 le ceann-là foillseachaidh san t-samhradh 2020. Bhrosnaichinn gach neach-clàraichte com-pàirteachadh sa cho-chomhairleachadh seo. Bidh na h-Inbhean ùraichte a' faighinn taic bho thaghadh de leabhraib beaga le comhairle agus stiùireadh airson luchd-clàraichte air cuspairean a chumas suas agus a dh'àrdaicheas proifeiseantachd neach-clàraichte.

Tha GTC Alba cuideachd air a bhith a' cumail sùil gheur air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig Brexit air ar pròiseasan clàraidh agus air a bhith a' cur cheumannan nan àite gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn làn uidheamaichte ge bith dè a thachras. Leis an RA a bhith a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich dheigheadh call cothrom

air stòr-dàta cho-roinnte (Stòr-dàta an t-siostaim Fiosrachadh Margaidh A-staigh [IMI]) far an urrainn dhuinn fiosrachadh fhaighinn mun fheadhainn a tha a' sìreadh a bhith clàraichte airson teagasg ann an Alba. Ach, tha pròiseasan làidir againn ann an àite gus a bhith a' clàradh feadhainn a tha airson a bhith air an clàradh bho thaobh a-muigh an EU, agus faodaidh na pròiseasan sin airson an còrr dhan t-saoghal a bhith air an cur an àite airson luchd-sìridh clàraidh bhon EU nan cailleadh sinn cothrom air Stòr-dàta IMI. Tha mi a' dèanamh na puing seo oir chan e a-mhàin obair làitheil an fhoghlaim ann an Alba a tha a' bualadh air GTC Alba. Tha mòran chùisean nas fharsaing san Roinn Eòrpa agus gu h-eadar-nàiseanta a dh'fhaodas buaidh a thoirt air ar n-obair. Chithear seo leis an àireamh mhòr de luchd-tadhail eadar-nàiseanta a bhios a' tighinn thugainn gu Taigh Clerwood. Tron bhliadhna a chaidh seachad, tha sinn air luchd-foghlaim fhaicinn à Nirribhidh, An t-Suain, Na Tìrean Ìsle, A' Chuimrigh agus Astràilia gun ach beagan de na dùthchannan ainmeachadh. Is e prìomh chuimse a h-uile aon de na luchd-turais sin an riochd as fheàrr de chonn-riaghailt fhaighinn bho GTC Alba agus a chur an sàs sna siostaman foghlaim aca fhèin. Chan eil e na nì aibheiseach a bhith ag ràdh gu bheil foghlam Alba agus GTC Alba mar phrìomh phàirt dhen sin, fhathast gu mòr air a mheas agus ùidh

aig daoine ann air feadh an t-saoghal.

Ann a bhith a' fosgladh na duilleige air a' bhliadhna aithris 2019-20, tha sinn a' toirt sùil air ais air ar soirbheachasan ann an 2018-19. Mar eisimpleir, ràinig an Ùrachadh Proifeiseanta an còigeamh bliadhna de obair, a' ciallachadh gu bheil a h-uile neach-clàraichte a-nis air eòlas fhaighinn air àm aithris ionnsachadh proifeiseanta. Sheall an luachadh ceithir bliadhna a rinn sinn air an Ùrachadh Phroifeiseanta gu soilleir a' bhuaidh chudromach a tha e air a dhèanamh air beatha-obrach thidsearan agus òraidichean. Tha uaille againn sna soirbheachasan sin agus stiùiridh iad sinn gu bhith ag obair eadhoin nas cruaidhe sna bliadhnaichean a tha romhainn.

San aithisg seo gheibh sibh mòran a bharrachd eisimpleirean de bhuilean deimhinneach thairis air 2018-19. Bu mhath leam taing a thoirt do luchd-obrach GTC Alba airson an dealas agus an obair chruaidh agus bu mhath leam taing a thoirt do na buill air a' Chomhairle againn airson an taic agus an stiùireadh chunbhalach. Às leth a h-uile duine aig GTC Alba bu mhath leinn taing a thoirt do ar luchd-clàraichte a tha air taic agus air fios air ais feumail a thoirt mu na seirbheisean a tha sinn a' tabhann.

**Kenneth Muir**

# Amasan agus Gnìomhan

## Mu GTC Alba



### An sealladh againn:

Mar bhuidheann, is e ar lèirsinn a bhith a' barantachadh agus ag àrdachadh proifeiseantachd foghlamach agus a bhith a' brosnachadh ionnsachadh agus teagaisg aig ìre an t-saoghail

Is e GTC Alba am buidheann proifeiseanta fèin-riaghailteachaidh as sine san t-saoghal airson teagasg agus chaidh a chur air chois ann an 1965. Bha am buidheann san riochd sa bheil e an-diugh air a stèidheachadh le Òrdugh 2011 Ath-leasachadh Sheirbheisean Poblach (Comhairle Choitcheann Teagasg na h-Alba) agus is e carthannas clàraichte le Riaghlaidhe Carthannas Alba a tha ann (OSCR) (SC006187).



ag adhartachadh càileachd an teagasg agus an ionnsachaidh



cumail suas agus leasachadh inbhean proifeasanta thidsearan

Tha ar prìomh amasan, a rèir ar Plana Ro-innleachdail airson 2017-20, mar a leanas:



Suidheachadh inbhean àrda agus ag adhartachadh ionnsachadh proifeiseanta, teagasg agus ceannardas de dh'àrd-chàileachd gus builean-ionnsachaidh a leasachadh.



A bhith na riaghlaidhe èifeachdach ag obair airson ùidh a' phobaill, ag àrdachadh cliù proifeisean teagasg na h-Alba.

Tha sinn a' fighe a-steach ar luachan nar n-obair air fad:



cothromachd



ionracas





Leantainn air adhart  
a' leasachadh  
ar riaghlachas,  
èifeachdas is comas  
eagrachais.



earbsa agus urram



proifeiseantachd



seasmhachd



## Coileanaidhean agus Dèanadas

An uair a tha sinn a' dol a-steach dhan chearcall aithris mu dheireadh de ar Plana Ro-innleachdail 2017-20, is urrainn dhuinn a bhith a' meòrachadh air a bhith a' coileanadh grunnan de ar n-amasan. Tha iad sin air an cur a-mach gu h-ìosal fo chinn gach fear de na trì amasan ro-innleachdail.

### 1. A' suidheachadh àrd inbhean gus builean neach-ionnsachaidh a leasachadh

#### Lèirmheas de na Bun-tomhasan Proifeiseanta

Tha sinn air a bhith ag obair le co-obraichean agus luchd-com-pàirt thar proifeisean an fhoghlaim gus an seata de Inbhean Proifeiseanta airson tidsearan ùrachadh. Tha deagh chuid de fhios air ais air a bhith air a chruinneachadh, agus tha am proifeisean air fios soilleir a chur gu bheil na h-Inbhean Proifeiseanta mar phàirt riatanach de dhearbhadh-aithne gach tidsear.

Tha obair nam buidhnean Cumhachdachadh Ceannard-sgoile agus Slighean Dhreuchdan a chuireadh air chois le Riaghaltas na h-Alba air cur

ri meòrachadh nam buidhnean fa leth a tha a' toirt taic do bhith ag ùrachadh nan Inbhean. Tha a' chiad dreach den Inbhe airson Làn Chlàradh air a bhith air ullachadh agus thèid a chur a-mach airson co-chomhairleachadh air san t-Sultain 2019. Bidh an seata ùraichte de dh'Inbhean air fhoillseachadh as t-samhradh 2020.

An uair a bhathar a' dèanamh lèirmheas air Inbhean Proifeiseanta agus Còda Proifeiseantachd agus Modh-giùlain (COPAC), dh'aithnich GTC Alba gun robh e cudromach gum biodh guthan gach neach a bha an sàs ann am foghlam air an cluinntinn, a' gabhail a-steach clann agus daoine òga. Mar thoradh air sin, thug sinn coimisean do Chlann ann an Alba rannsachadh a dhèanamh le clann agus daoine òga a' cur cuimse gu sònraichte air am fèin-fhiosrachaidhean air foghlam. Is e an amas tuigse na b' fheàrr a bhith ann de bheachdan chloinne agus dhaoine òga gus am faodadh sin a bhith air a chleachdadh gus fios a chur ris na h-Inbhean ùraichte agus COPAC. Mar thoradh air an obair seo thàinig an co-aithisg bho Chlann ann an Alba agus GTC Alba leis an tiotal 'Lèirmheas de na Bun-tomhasan Proifeiseanta : Fèin fhiosrachaidhean Chloinne agus Dhaoine Òga' a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain 2018. Tha an aithisg a' tabhann an dàta as ùire agus as mionaidiche mu na feartan agus na luachan a tha clann agus daoine

òga a' meas a tha a' dèanamh deagh thidseir. San aithisg gheibhear sreath de mholaidhean airson GTC Alba agus tidsearan toraidhean an rannsachaidh a chur an sàs.

#### A' toirt taic do ionnsachadh proifeiseanta

Tha GTC Alba a-nis sa bhliadhna mu dheireadh den chur an sàs chòig-bliadhna den Ùrachadh Proifeiseanta de na tidsearan air fad ann an Alba. Tha còrr air 55,000 tidsear air a dhol an sàs gu soirbheachail sa phròiseas.

Ann an 2014, chaidh Ùrachadh Proifeiseanta gach ùghdarras ionadail, sgoil no buidheann a dhearbhadh le GTC Alba. Mar phàirt den phròiseas ath-dhearbhaidh, tha GTC Alba air gabhail òs làimh luachadh ceithir bliadhna de dhol an sàs proifeisean nan tidseir leis an Ùrachadh Proifeiseanta agus mar a tha an fhèin-fhiosrachadh air a bhith chun na h-ìre seo dhaibhsan a tha air a bhith a' toirt taic no air a bhith an sàs sa phròiseas.

Leis mar a thachair sa chiad phròiseas dearbhaidh, tha GTC Alba a' dèiligeadh ris an eacarsaich ath-dhearbhaidh seo mean air mhean. Ag obair le ùghdarrasan ionadail, sgoiltean agus buidhnean a bha an sàs tràth sa chiad bhliadhna, tha GTC Alba a' gluasad air adhart





bhon sin, le ceann-là air a mholadh airson a' phròiseas ath-dhearbhadh a chrìochnachadh mu 2020.

Is e rùn an Ùrachaidh Phroifeiseanta taic a thoirt do ionnsachadh proifeiseanta dhan h-uile neach a tha clàraichte le GTC Alba tro chonaltradh proifeiseanta leantainneach a tha èifeachdach agus brioghmhor, agus lèirmheas proifeiseanta agus leasachadh. Bheir seo an uair sin buaidh air ionnsachadh agus air beatha chloinne agus dhaoine òga sna sgoiltean againn.

Bhon t-Samhain 2018, thòisich sinn a' sgaoileadh a-mach ar portal ionnsachaidh phroifeiseanta ùr, M' Ionnsachadh Proifeiseanta (MyPL). Tha an siostam air-loidhne seo a' tabhann comas-gnìomh nas fheàrr do thidsearan a tha a' cleachdadh, a' meòrachadh air agus a' logadh an ionnsachadh proifeiseanta. Chaidh am portal a choimiseanadh le Riaghaltas na h-Alba mar fhreagairt air an aithisg Teagasg an Alba san Àm ri Teachd a mhol E-Pasgan Nàiseanta a bhith air a chruthachadh dha na tidsearan air fad air feadh na dùthcha. Aig an àm seo, cha mhòr nach eil 3,000 tidsear a' feuchainn an t-siostam a-mach agus thèid a sgaoileadh gu nàiseanta tro 2019-20, agus bidh a h-uile tidsear ann an Alba a' dol bhon t-siostam a tha ann an-dràsta gu bhith a' cleachdadh MyPL airson an Ùrachadh Proifeiseanta agus ionnsachadh co-cheangailte.

## A' Toirt taic do Lèirmheas Proifeiseanta is Leasachadh de dh'àrd-chàileachd

Chaidh iarraidh air GTC Alba leis an Leas-Phrìomh-Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineid, Iain Swinney, agus Bòrd Ro-innleachdail Foghlam Thidseir ùrachadh agus conaltradh an fheum a tha ann airson ceanglaichean làidir eadar modhan-obrach ionnsachadh proifeiseanta; pròiseasan Lèirmheas Proifeiseanta agus Leasachadh (PRD); agus Ùrachadh Proifeiseanta. Chaidh an fheum a bha ann airson an ùrachaidh seo a shoilleireachadh sna Luachaidhean Bliadhnail air Ùrachadh Proifeiseanta, a bha a' comharrachadh gur e PRD raon sa bheil feum aig tidsearan air tuilleadh taic agus stiùireadh. Bha dithis Oifigearan Foghlaim a bha air am fo-fhastadh, agus na dithis aca a bha a' cheana nan tidsearan, air an cur an dreuchd san Dàmhair / Samhain 2018 gus a bhith an sàs gu dìreach le tidsearan, ceannardan-sgoile agus àrd-stiùirichean a tha an sàs sa phròiseas PRD airson dòighean a chomharrachadh agus seo a choileanadh. Gus taic a thoirt le bhith a' leasachadh stiùireadh airson taic de dh'àrd-chàileachd PRD, chaidh comataidh-stiùiridh a shuidheachadh airson stiùireadh nàiseanta PRD a thoirt gu buil a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain 2019.

# >55,000

Tha Ùrachadh Proifeiseanta còrr air 55,000 tidsear air a bhith air an soighneadh dheth sna ceithir bliadhna a chaidh seachad

# 96%

bha coinneamh PRD aca, a rèir measadh PU

# 95%

a' faireachdainn gu robh seilbh aca air an ionnsachadh proifeasanta anns an robh iad an sàs agus gu robh an ionnsachadh proifeasanta buntainneach do na feumalachdan

## 2. Bi nad riaghlaidhe òifeachdach ag obair a chùm leas a' phobail, ag àrdachadh cliù proifeisean teagasg na h-Alba

### Ag àrdachadh proifeiseantachd ann an roinn nan colaistean

Tha GTC Alba air leantainn air adhart ag obair le roinn nan colaistean gus colaistean fa leth a dhearbhadh airson Ùrachadh Proifeiseanta. Tha a h-uile colaiste ann an Alba a-nis air a bhith air an dearbhadh no an sàs sa phròiseas dearbhaidh (leis na trì colaistean mu dheireadh ag obair le GTC Alba a dh'ionnsaigh dearbhadh).

Ann an 2017, bha riatanas ann a h-uile òraidiche a bhith clàraichte le GTC Alba mar phàirt de theirmichean is chumhaichean na rèite a bha aig Co-chomataidh Barganachaidh Nàiseanta na roinne. Tha buidheann-obrach tar-roinne, le GTC Alba sa chathair, air a bhith air a chur air chois gus riatanasan a stèidheachadh agus slighean airson òraidichean colaiste clàradh agus a bhith air an riaghailteachadh le GTC Alba. Tha Clàradh agus Conn-riaghailtean air am faicinn mar cheum cudromach ann a bhith ag aithneachadh proifeiseantachd òraidichean agus an dleastanas leantainneach a thaobh ionnsachadh proifeiseanta. Tha GTC Alba air a bhith

a' dèanamh ullachaidhean air an taobh a-staigh airson clàradh colaiste, mar a bhith ag àrdachadh ar comasan clàraidh air-loidhne agus ag obrachadh gu dlùth le roinn na colaiste gus stuthan taic a thoirt, agus a' tabhann barrachd susbaint co-cheangailte ri earrann nan colaistean ann an iris Teagasg an Alba.

### Barantachadh Institiudan Foghlam

#### Thidseir

Tron àm aithris, tha sinn air a bhith a' rannsachadh dhòighean ùra agus ùr-ghnàthach gus daoine a thàladh chun a' phroifeisean teagasg ann an Alba. Thàinig pàirt dhan obair seo a-mach às an Lèirmheas air Riaghlachas a rinn Riaghaltas na h-Alba agus am miann a bha ann slighean na bu shùbailte a thabhann gu teagasg gus daoine a thàladh agus iomadachd nas motha a bhrosnachadh sa phroifeisean. Tha prògram de chreideasachadh agus ath-chreideasachadh tron bhliadhna air faicinn prògraman ùra agus feadhainn a bha ann a cheana air an luachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil àrd inbhean air an cumail suas. Tha na prògraman sin air an ainmeachadh gu h-ìosal.

#### Clàradh thidsearan ann an sgoiltean neo-eisimeileach

Tha GTC Alba air leantainn air adhart ag obair gu dlùth le Comhairle Alba de Sgoiltean Neo-eisimeileach (SCIS) agus an earrann neo-eisimeileach gus clàradh thidsearan a dhèanamh comasach ann an sgoiltean neo-eisimeileach agus le taic-thabhartais. Tha an obair a' dol gu math agus ni e cinnteach gu bheil na tidsearan air fad ann an sgoiltean neo-eisimeileach ann an Alba air an clàradh agus air an riaghladh le GTC Alba mun Dàmhair 2020.

#### Clàr 1: Prògraman Thidseir barantaichte

| Institiut foghlam thidseir            | Ainm a' phrògram   | Ceann-là barantachaidh |
|---------------------------------------|--|------------------------|
| Oilthigh Dhùn Dè                      | Teisteanas Teagasg ann am Foghlam Adhartach  | 22 Cèitean 2018        |
| Oilthigh Dhùn Dè/UHI                  | Dioplòma Iar-cheumnaiche STEM Modail Inntrigidh Com-pàirteachais Foghlaim  | 27 Ògmhios 2018        |
| Oilthigh Srath Chluaidh               | BA (Urr) Foghlam Bun-sgoile  | 24 Lùnastal 2018       |
| Oilthigh Dhùn Èideann                 | Tilleadh gu Teagasg  | 27 Sultain 2018        |
| Oilthigh Obar Dheathain               | TQFE   | 11 Dùbhlachd 2018      |
| Oilthigh Taobh Siar Alba              | BA Foghlam   | 12 Gearran 2019        |
| Oilthigh Shruighlea                   | TQFE   | 19 Gearran 2019        |
| Oilthigh Ghlaschu                     | MDTechEd<br>MA Eòlas Creideimh   | 27 Gearran 2019        |
| Oilthigh Napier Dhùn Èideann          | Dioplòma Ceumnaiche Proifeiseanta ann am Foghlam (spèisealachadh ann am Bith-eòlas, Ceimigeachd, Matamataig no Fiosaigs) | 26 Giblean 2019*       |
| Oilthigh Banrigh Mairead Dhùn Èideann | BA (Urr) Eòlas Foghlaim (Bun-sgoil)<br>PGDE Àrd-sgoil (Eaconamas Dachaigh)   | 20 Cèitean 2019*       |

# 14

Tha GTC Alba a-nis air 14 colaistean a dhearbhadh airson Ùrachadh Proifeiseanta

\*Tha barantachadh an dà oilthigh a' tuiteam taobh a-muigh cearcall aithriseach 2018-19





Tha GTC Alba air còig prògraman ionnsachaidh proifeiseanta a bharantachadh a tha air am faicinn ann an Clàr 2. Tha Aithneachadh Proifeiseanta ag aithneachadh an sgrùdadh leasaichte, chudromach agus so-sheasmhach a tha tidsear air a choileanadh agus an leasachadh a tha iad air a dhèanamh air an ionnsachadh proifeiseanta ann an raon sònraichte. Tha an duais ag aithneachadh liut agus dèanadas an tidseir. Tha prògraman a tha a' leantainn air adhart gu Aithneachadh Proifeiseanta a' cosnadh Comharra Càileachd, a tha a' ciallachadh gu bheil proifeiseantachd thidseir air a chumail suas agus air àrdachadh, agus gu bheil am fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh air an aithneachadh agus air an luachadh gu proifeiseanta.

## Clàr 2: Prògraman ionnsachadh proifeiseanta

|    |  |
|----|--|
| 1. | Ionad Leasachadh Foghlam Taobh Siar Alba (WOSDEC) prògram Saoranachd Cruinneil le duais Aithneachadh Proifeiseanta |
| 2. | Prògram Eadar-theachd Osiris le duais Aithneachadh Proifeiseanta ann an Eadar-theachd Teagaisg                     |
| 3. | Comhairle Taobh Tuath Siorrachd Àir le duais Aithneachadh Proifeiseanta ann an Ùrachadh Leughadh                   |
| 4. | Prògram Toirt Taic do Ionnsachadh Thidseir aig Oilthigh Shrath Chluaidh  |
| 5. | Dèanamh Cheanglaichean tro Ionnsachadh airson Seasmhachd   |

## Siostam Suidheachadh Oileanach

Tha GTC Alba an urra, às leth Riaghaltas na h-Alba, Institiut Foghlam Thidsearan, agus ùghdarrasan ionadail, airson a bhith ag obrachadh an Siostam Suidheachadh Oileanach (SPS). Tha an siostam seo a' dèanamh cinnteach gu bheil gach oileanach a tha ag ionnsachadh a bhith nan tidsearan air an suidheachadh ann an sgoiltean a tha iomchaidh airson an cuspair agus am feumalachdan ionnsachaidh. Is e pròiseact iom-fhillte agus cudromach a tha seo do GTC Alba a tha a' gabhail a-steach mòran obair teicneigeach, le deicean de mhiltean de dh'obrachadh a-mach le algairim gus dèanamh cinnteach gu bheil oileanaich ann an suidheachadh iomchaidh agus gu bheil na suidheachaidhean sin a' coinneachadh ris na feumalachdan aca agus aig astar siubhail ris a bheilear deònach gabhail. Ann an 2018–19 chuir GTC Alba 6,299 oileanach ann an suidheachaidhean air feadh Alba. Leanaidh sinn oirnn ag obrachadh le ar com-pàirtichean air SPS gus dèanamh cinnteach gu bheil an siostam a' cumail air a' leasachadh agus a' leantainn air adhart a' tabhann an t-seirbheis as fheàrr as urrainn do fheadhainn a tha airson a bhith nan tidsearan ùra.

Rinn GTC  
Alba maids air  
**16,840**  
greis-teagaisg airson  
seisean 2018–19 (16,404  
ann an 2017–18)



## Ag aithneachadh sàr-mhathais sa phroifeisean teagaisg

Bidh GTC Alba a' cumail thachartasan nàiseanta gu riaghailteach a bhios ag aithneachadh teòmachd agus coileanaidhean thidsearan air feadh na dùthcha. Tha an tachartas Dhuaisean Ceannardais, a tha air an cumail gach bliadhna sa Chèitean, mar cho-thachartas le Foghlam Alba, aig am bi na ceannardan foghlaim as ùire air an aithneachadh airson a bhith a' faighinn theisteanasan ceannardais.

Tha an tachartas Nàiseanta Dheuchainniche air a chumail gach bliadhna san Ògmhios a' comharrachadh an fheadhainn a tha a' leantainn a' phroifeisein tron Sgeama Inntigridh Thidsear agus Slighe Shùbailte, a tha le chèile air an rianachd le GTC Alba.

Tha an tachartas nàiseanta ainmeil againn Duaisean Sàr-mhathais ann an Ionnsachadh Proifeiseanta, air a chumail gach Sultain aig deireadh Fèis Ionnsachaidh Alba ag aithneachadh Sàr-mhathais ann an Ionnsachadh Proifeiseanta thar a' phroifeisean teagaisg.

### B' iad an fheadhainn a fhuair an Duais Sàr-mhathais ann an Ionnsachadh airson Sgoiltean agus Coimhearsnachdan :

- Bun-sgoil Dunbar, Comhairle Lodainn an Ear
- Àrd-sgoil Chealso, Comhairle Crichean Alba
- Dùbhlann Leasachaidh Ghlaschu, Comhairle Baile Ghlaschu
- Ceannardas Coimhearsnachd Ionnsachaidh (Buidhnean Teaghlach), Comhairle Lannraig a Tuath
- Ag Altramadh Sgioba Cheann a Tuath Siorrachd Àir, Comhairle Cheann a Tuath Siorrachd Àir
- Àrd-sgoil Anndra, Comhairle Baile Ghlaschu
- Acadamaidh Naomh Mungo, Comhairle Baile Ghlaschu
- Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne, Comhairle Shruighlea.

### Chaidh An Duais Aithneachadh Proifeiseanta airson Prògraman Ionnsachadh Proifeiseanta a bhuileachadh air:

- Columba 1400 – Ceannardas Thidsear Stèidhichte air Luachan
- Comhairle Lodainn an Ear – Leasachadh Ceannardais tro Phròiseact Leasachadh Sgoile
- Leasachadh Dheimhinneach air Daoine – Ciad Cheumannan gu Ceannardas agus Rianachd
- SCILT
- Com-pàirteachas Tapastraidh – A' Stiùireadh Ionnsachadh – Lionsa Ceannardas sa Mheadhan
- Ionad Leasachadh Ionnsachadh Taobh Siar na h-Alba (WOSDEC) – Saoranachd Cruinneil.

### Chaidh an Duais Ionnsachadh Proifeiseanta airson Buidhnean a bhuileachadh air:

- Dyslexia Scotland
- Royal Conservatoire Scotland
- Scotland's Enterprising Schools
- Scottish Film Education
- Scottish Schools Education Research Centre – SSERC
- Tapestry Partnership.



Chaidh an Duais Luachan Proifeiseanta aig Neach-gairm GTC Alba a bhuileachadh air Mig Coupe, Ceannard Direct Help and Support, aig a' Salvesen Mindroom Centre. Fhuair Mig moladh airson a cuimse air CPD, modh-obrach fèin-mheòrachail agus leasachadh pearsanta. Bha a modh-obrach air a mholadh leis gun robh e an còmhnaidh stèidhichte air deagh chleachdadh, agus chaidh a moladh cuideachd airson mar a bha i a' sìor amas air a bhith a' leasachadh agus a' togail air a h-eòlas agus tuigse agus a' cur seo dhan sgioba aice.

**863**

Fhuair tidsear Aithneachadh Proifeiseanta

**8**

Chaidh Duais Ionnsachadh Proifeiseanta GTC Alba a bhuileachadh air sgoiltean agus buidhnean



## Conn-riaghailtean

Tha dìon a' phobaill a' leantainn aig cridhe pròiseas FtT GTC Alba agus tha obair air leantainn air adhart gus na Riaghailtean ùra FtT a thàinig gu bith air 21 Lùnastal 2017, fhuair a-steach.

Thàinig 181 cùis ùr fa chomhair GTC Alba tro 2018–19, a tha a' ciallachadh gun d' fhuair sinn tar-churan FtT de 0.24% de ar clàraichean air fad. Tha seo mar mheudachadh de 12% bho na 162 cùisean ùra a chaidh fhaighinn ann an 2017–18. Chaidh fichead tidsear a thoirt bhon chlàr ann an 2018–19 an dèidh pròiseas FtT (chaidh 27 tidsear a thoirt bhon chlàr ann an 2017–18).


|  | 2018–19    | 2017–18    |
|--|------------|------------|
| <b>Cùisean fosgailte air 1 Giblean</b>         | 141        | 162        |
| <b>Cùisean a fhuaras sa bhliadhna</b>          | 181        | 162        |
| <b>Cùisean a chaidh a dhùnadh sa bhliadhna</b> | (196)      | (183)      |
| <b>Cùisean fosgailte air 31 Màrt</b>           | <b>126</b> | <b>141</b> |

Dh'atharraich pròifil nan daoine a rinn tar-chur FtT ann an 2018–19; chaidh 55 cùis a dhèanamh leis a' phoball (71 ann an 2017–18) agus 56 cùis le luchd-fastaidh (38 ann an 2017–18). B' ann mu dhòigh-giùlain a bha a' mhòr chuid de chùisean, ged-tà (125) le tar-churan a thaobh comas a' fantainn iosal (5).

Dh'fhaodadh gur ann mar thoradh air obair ar n-Oifigearan Leasachaidh ann a bhith ag adhartachadh dol an sàs nas fheàrr a thàinig an ìre na b' àirde de thar-churan bho luchd-fastaidh ann an 2018–19.

Mheudaich tar-churan bho Disclosure Scotland gu 45 ann an 2018–19 (38 ann an 2017–18), agus mheudaich fèin-thar-churan gu 19 ann an 2018–19 (5 ann an 2017–18). Is dòcha gur e gun robh meudachadh ann am mothachadh sa phroifeisean de ar pròiseas FtT as coireach gun robh meudachadh san àireamh de fhèin-thar-churan. Ach, bidh e cudromach sùil a chumail air dè a thachras thar 2019–20 agus an uair sin beachdachadh an cuidicheadh rannsachadh amasaichte cur ri ar dol an sàs poblach agus le luchd-fastaidh, cho math ri bhith a' cuideachadh le planadh stòrais airson an ama ri teachd. Chaidh sia tar-churan a dhèanamh le taghadh de bhuidhnean eile leithid Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Procadair a' Chrùin ann an 2018–19 (bha 9 tar-churan ann bho bhuidhnean eile ann an 2017–18).

Dealbh 1: Cùisean a fhuair



## Fios mu Riaghlachas

Chuir GTC Alba an sàs Oifigear Gèilleadh ri Fiosrachadh san Dùbhlachd 2017 gus taic a thoirt don bhuidhinn ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun robhar a' gèilleadh ri Conn-riaghailtean Coitcheann Dion Dàta (GDPR) a thàinig gu bhith na lagh air 25 Cèitean 2018. Chaidh measadh a dhèanamh aig an toiseach air gèilleadh GTC Alba ris na seachd prionnsapalan Dion Dàta, agus chaidh na builean a chleachdadh mar bhun-stèidh plana gnìomh. Ged a chaidh adhartas cudromach a dhèanamh leis a' phlana gnìomh, tha beagan raointean ann far a bheil GTC Alba ag obair a dh'ionnsaigh gèilleadh. Thathar a' meas gun tèid làn ghèilleadh a choileanadh mun Dùbhlachd 2019. Tro 2018–19, chaidh aon iarrtas a dhèanamh a thaobh Co-dhùnadh gu Choimiseanair Fiosrachaidh GTC Alba. Bhreithnich an Coimiseanair gun robh GTC Alba air gèilleadh ri FOISA.

## Co-ionannachd is Iomadachd

Tha GTC Alba ag amas air a bhith ag adhartachadh co-ionannachd chothruim le bhith ag aithneachadh agus a' leasachadh an iomadachd de thàlant a tha nar Luchd-obrach agus buill ar Comhairle, Comataidh agus Panail fo fheallsanachd de cho-shùim agus earbsa. A chùim seo, chaidh plana gnìomh Co-ionannachd agus Iomadachd a chur air bhog san Dùbhlachd 2018. Tha grunnan iomairt bhon phlana air a bhith air an crìochnachadh a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh buidheann luchd-obrach Co-ionannachd agus Iomadachd; a' sgoileadh a-mach trèanadh Co-ionannachd agus Iomadachd gu àrd-mhanaidsearan; agus a bhith a' cruthachadh poileasaidh Co-ionannachd agus Iomadachd, Measaidhean Buaidh Co-ionannachd agus Measaidhean agus stiùireadh co-cheangailte. Bidh obair san àm ri teachd a' gabhail a-steach trèanadh air-loidhne airson luchd-obrach, foran sgrùdadh co-ionannachd luchd-obrach agus a bhith a' cur air chois seachdain co-ionannachd. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil seallaidhean ioma-chùiseach a' cur nithean luachmhor ris a' phroifeisean teagaisg agus gum bi seo a chùim buannachd an luchd-ionnsachaidh. Mar aon eisimpleir de dhealas GTC Alba do shealladh ioma-chùiseach is e gu bheil aithris Ghàidhlig sa h-uile iris de Teaching Scotland; tha riochd Ghàidhlig den Aithisg Bhladhna seo cuideachd ri fhaotainn aig [gtcs.org.uk](http://gtcs.org.uk).

## Clàradh

Tha clàradh thidsearan agus òraidichean colaiste aig cridhe ar n-obair. Tha clàradh a rèir Inbhean Proifeiseanta a' daingneachadh càileachd teagaisg, Feumaidh ceum no co-ionann ann an cuspair iomchaidh agus teisteanas teagaisg a bhith aig a h-uile tidsear a tha airson clàradh le GTC Alba. Feumaidh an Teisteanas Teagaisg ann am Foghlam Adhartach (TQFE) a bhith aig òraidichean colaiste a tha airson clàradh gu saor-thoileach. Tha na dh'fhaodadh a thighinn an cois Brexit air ar n-inntinnean a chumseachadh tron àm aithris a tha seo mun dòigh a leanas sinn air adhart a' clàradh feadhainn bhon Aonadh Eòrpach (EU) a dh'fhaodadh a bhith nan tidsearan an dèidh Brexit. Aig an àm a tha an làthair, tha e air

iarraidh oirnn fon lagh thidsearan bho dhùthchannan Eòrpach eile a chlàradh ach feumaidh thidsearan bho dhùthchannan eile air feadh an t-saoghail a dhol tro phròiseas clàraidh eadar-dhealaichte. Thig an t-ullachadh seo gu ceann le Brexit. Bidh sinn an uair sin a' cleachdadh an ullachaidh airson an còrr den t-saoghal airson a h-uile tidsear. Meudaichidh seo ar n-obair rianachd ged a leigeas e leinn cuideachd an t-aon phròiseas a chleachdadh airson a h-uile tidsear. Is e buil eile de Bhrexit gun cail sinn cothrom air Fiosrachadh stòr-dàta Margaidh on Taobh a-staigh (IMI) a tha a' leigeil le dùthchannan thar an EU fiosrachadh a cho-roinn mu dhaoine fa leth a tha air am bacadh bho bhith ag obair ann an cuid de phroifeiseanan. Bheir seo oirnn a bhith ag obair gu dlùth le dùthchannan fa leth gus am fiosrachadh seo a chruinneachadh mu luchd-clàraidh (mar eisimpleir dearbhaidhean poilis), mar a bhios sinn a' dèanamh an-dràsta le dùthchannan eile air feadh an t-saoghail.

**A h-uile bliadhna bidh ceudan de thidsearan agus òraidichean a' sireadh clàradh le GTC Alba. Seo cuid de na firinnean is àireamhan a tha a' soilleireachadh ar n-obair san raon seo:**

Chlàr GTC  
Alba

**868**

luchd-iarrtais clàraichte tro phròiseasan Clàraichte taobh a-muigh Alba (503 ann an 2017–18)

Fhuair  
**309**

tidsear clàraichte Clàradh Proifeiseanta GTC Alba, a tha suas 11% air an àm ron sin (280 ann an 2017–2018)

Fhuair  
**143**

tidsearan fo dheuchainn air slighe shùbailte de na 619 a chlàraich, Làn Chlàradh tron t-Slighe Shùbailte (Ann an 2017–18, fhuair 185 tidsearan fo dheuchainn slighe shùbailte a-mach à 919 Làn Chlàradh)

Fhuair  
**2,746**

tidsearan fo dheuchainn Làn Chlàradh tron Sgeama Inntreigeadh Thidsear (A' bhliadhna ron sin: 2,665)

Fhuair  
**41**

tidsear clàradh ASN GTC Alba (42 ann an 2017–2018)

Iarrtas dàta ann an 2018–19:

- 64 iarrtas FOI (51 ann an 2017–18)
- 18 iarrtas cothrom air cuspair (12 ann an 2017–18)
- Chaidh dèiligeadh ris a h-uile iarrtas airson fiosrachadh pearsanta, agus 96% de iarrtasan FOI, taobh a-staigh nan amannan riatanach (bha 4% de iarrtasan FOI neo-iomlan).



### 3. Leantainn air adhart a' leasachadh ar riaghlachas, èifeachdas is comas eagrachais

#### Dol an sàs neach-ùidh

Chomharraich an rannsachadh mòr a choilean GTC Alba air luchd-ùidh ann an 2014 ged a bha mòran den luchd-ùidh ag aithneachadh an dreuchd chudromach agus dleastanasan GTC Alba, gun robh feum air tuilleadh a dhèanamh gus mothachadh àrdachadh agus a dhol an sàs na b' fheàrr le luchd-clàraichte.

Leis an àrdachadh sa chis chlàraidh bhliadhnail san Fhaoilleach 2017, bha dol an sàs dìreach le luchd-ùidh air a dhèanamh comasach le bhith a' fastadh luchd-obrach ùra. Thàinig dà Oifigear Leasachaidh gu GTC Alba as t-fhoghar 2018 gus a dhol an sàs le luchd-ùidh air feadh na dùthcha, gus cuideachadh le bhith a' meudachadh tuigse agus mothachadh air dreuchd agus dleastanasan GTC Alba.

On chaidh an cur an dreuchd, tha na h-Oifigearan Leasachaidh air tadhal air ùghdarrasan ionadail agus buidhnean com-pàirteachais air feadh Alba gus feuchainn ri faighinn a-mach dè am fiosrachadh agus an tuigse a tha aig ar luchd-ùidh

mu raointean obrach GTC Alba, beàrnan fiosrachaidh a thèid a chomharrachadh a dhùnadh, agus trèanadh agus taic a thabhann far a bheil feum air.

Tha sinn air ar làthaireachd a mheudachadh aig prìomh thachartasan leithid Fèis Ionnsachaidh Alba agus College Expo gus fiosrachadh a cho-roinn mu GTC Alba agus a dhol an sàs gu dìreach leis a' phroifeisean teagaisg. Tha am prògram againn de chuirtean gu sgoiltean agus seiseanan ionnsachaidh proifeiseanta air an libhrigeadh le ar luchd-obrach air leantainn air adhart a' leudachadh agus air a bhith soirbheachail ann a bhith a' mineachadh ar cuid obrach. Chaidh na duaisean Sàr-mhathais ann an Ionnsachadh Proifeiseanta a chumail airson an dàrna bliadhna an dèidh a chèile ann an 2018-19 agus bha seo a-rithist a' comharrachadh an deagh mhodh-obrach foghlaim a tha a' dol ann an sgoiltean agus le buidhnean air feadh na dùthcha.

Tha An t-Àrd-Oifigear air a bhith an sàs le còrr air

**280**  
neach-ùidh

Tha Oifigearan Leasachaidh air tadhal air a h-uile aon de na

**32**  
ùghdarras



## Ag àrdachadh seirbheisean didseatach

Tha sinn air a bhith a' coileanadh raon de dh'obair gus ar seirbheisean didseatach àrdachadh, gu sònraichte san raon libhrigeadh sheirbheisean; a' lùghdachadh àm a tha an siostam shìos; leasachadh comas-gnìomh luchd-cleachdaidh; agus an raon a tha a' sìor fhàs deatamach dìon fiosrachaidh. San Fhaoilleach 2019, chaidh GTC Alba a theisteanachadh le creideasachadh Cyber Essentials Plus. Is e uidheam urrais air thoiseach san t-saoghal do bhuidhnean a tha ann an sgeama Cyber Essentials gus cuideachadh ann a bhith a' comharrachadh gu bheil ceumannan dìon saidhbear ann an àite gus buidhnean a chuideachadh gus a bhith gan dìon an aghaidh bagairtean cumanta, cudromach air-loidhne. Tha an teisteanachadh seo a' dearbhadh gu bheil siostaman IT GTC Alba air an dìon agus gu bheil uidheam dìon riarachail ann an àite an aghaidh ionnsaigh saidhbear. Tha sinn air a bhith a' sgaoileadh a-mach prògram de bhùithtean-obrach trèanaidh airson luchd-obrach mu chùisean leithid a bhith a' suidheachadh facail-faire dìonach; tuigse air bathar-bog droch-rùnach agus cunnartan bho bhathar-foill; agus a' rianachd de a thachradh nam biodh leantainneachd ar buidhne fo chunnart nan tigeadh sinn fo ionnsaigh saidhbear. Tha sinn cuideachd air aithrisean a chur san iris Teaching Scotland agus air [gtics.org.uk](http://gtics.org.uk) gus am fiosrachadh seo a cho-roinn agus beachdan feumail do luchd-clàraidh airson an cleachdadh gus a bhith a' fantainn sàbhailte air-loidhne.

Thathar a' toirt a-steach siostam Rianachd Càirdeas Luchd-dèilig (CRM) (stèidhichte air teicneòlas Microsoft Dynamics leis an ainm Atlas an dèidh a bhith air a thaghadh leis an luchd-obrach) agus tha pròiseasan ùra gan cur ann an àite mar a tha an siostam air a sgaoileadh a-mach thar na buidhne. Is e pròiseact chudromach a tha seo a leigeas le leasachaidhean mòra a bhith air an coileanadh air pròiseasan agus èifeachdasan na buidhne. Is e a' chiad roinn a thòisich a' cleachdadh Atlas, Conn-riaghaltean agus Seirbheisean Laghail. Bheir e an cothrom barrachd tracadh agus sgrùdadh a dhèanamh air pròiseasan FtT agus tabhannaidh e seirbheis nas fheàrr do luchd-clàraichte.

Tha rianachd dàta agus obair samhla-sùla air a dhol air adhart taobh ri taobh ri bhith a' sgaoileadh Atlas a-mach, le bathar-bog ùr air a thoirt a-steach a tha a' leigeil le clàradh dàta nas èifeachdaich agus nas cearta a bhith a' tachairt. Tha tòrr mòr dàta feumail aig GTC Alba mu àireamhan thidsearan; an raon de chuspairean sa bheil teisteanasan aig tidsearan; na dùthchannan bho air feadh an t-saoghail dham buin an fheadhainn a tha clàraichte, am measg raointean eile. Is urrainn dhuinn am fiosrachadh diomhair seo a chleachdadh gus cur ri ar n-obair agus gus fiosrachadh a thaisbeanadh ann an dòighean a tha nas inntinnich agus nas fiosrachail. Tha sinn cuideachd a' leantainn



oirnn a' leasachadh nan siostaman agus nan seirbheisean a tha sinn a' rianachd às leth ar luchd-clàraichte. Tha fàs mòr air a thighinn air an àireamh a tha a' cleachdadh MyGTCS thar na bliadhna a chaidh seachad agus sgrùdadh air comharrachadh gu bheil meudachadh de 53% ann an luchd-cleachdaidh. Mar thoradh air an iarrtas seo, chaidh bun-structair frithealaiche ùr a thoirt a-steach gus taic a thoirt don mheudachadh san luchd-cleachdaidh agus gus fuasgladh so-sgèilichte a thabhann a dh'fhaodas fàs mar a bhios feumail. Bu chòir dha na h-atharrachaidhean sin a bhith a' ciallachadh lùghdachadh glè bheag den àm-shìos aig MyGTCS agus freagairt nas luaithe do luchd-clàraichte a bhios a' dol air-loidhne.

Tha fàs mhòr air a thighinn air cleachdadh MyGTCS thar na bliadhna a chaidh seachad le meudachadh de **53%** ann an luchd-cleachdaidh

Chaidh am pileat a leudachadh gus a bhith a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh bho Lodainn an Iar bhon Mhàrt 2019 le faisg air **3,000** tidsear a' cleachdadh a' phortail

Tha am portal My Professional Learning (MyPL) a' leantainn air adhart ann a bhith air a leasachadh agus air a bhith air a dhèanamh nas fheàrr a' cleachdadh fios air ais bho fheadhainn a tha ga fheuchainn a-mach mar phileat. Chaidh am pileat a leudachadh gus gabhail a-steach luchd-cleachdaidh bho Lodainn an Iar bhon Mhàrt 2019 le faisg air 3,000 tidsear gu gnìomhach a' cleachdadh a' phortail gus an gnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta a logadh. Tha am portal a' leantainn air adhart a bhith air a leasachadh mar a tha fios a' tighinn a-steach. Thòisich an leudachadh a-mach gu nàiseanta, a' gluasad gus tidsear agus òraidiche a bhith a' cleachdadh an tab Professional Update (PU) ann an MyGTCS, gu bhith a' cleachdadh tab MyPL gus a bhith a' logadh ionnsachadh proifeiseanta san Lùnastal 2019. Bu chòir dhan atharrachadh seo a bhith furasta oir tha portal MyPL glè choltach ri portal PU ach le comasan nas fheàrr.





## Healthy Working Lives

### Silver Award

## The General Teaching Council for Scotland

### A' leasachadh in-phròiseasan agus an àrainn-obrach

Tha sinn a' tuigsinn nam buannachdan a tha ann do luchd-clàraichte de leasachadh leantainneach thar gach taobh de ar n-obair, siostaman agus pròiseasan. Mar as tàbhachdaich agus as èifeachdaich a bhios ar seirbheisean, is ann as fheàrr a bhios na builean airson an luchd-clàraichte a bhios gan cleachdadh.

Chaidh crìoch a chur air ath-leasachadh Taigh Clerwood tron àm aithris le mòran leasachadh ga dhèanamh air an àrainn obrach, oifisean agus seòmraichean coinneimh. Chaidh obair-càraidh a dhèanamh air mullach an togalaich agus chaidh taobh a-muigh an togalaich a pheantadh gus dèanamh cinnteach à seasmhachd an togalaich. San ath ìre den leasachadh chithear còmhach ùr air a chur air a' phàirc chàraichean aig Taigh Clerwood thairis air 2019-2020.

Tha suidheachadh àrd sgioba luchd-obrach sna sgiobannan lonmhais agus Didseatach air faicinn modhan-obrach ùra air an toirt a-steach a tha air na pròiseasan obrach a dhèanamh nas èifeachdaich agus an cur a rèir ar planadh gnothachais ro-innleachdail agus bhliadhnail. Tha seo air gabhail a-steach fòcas air ar rianachd pròiseict.

Chaidh Duais Airgid Beatha Obrach Fhallain a bhuileachadh air GTC Alba san lùchair 2019, an dèidh Duais Umha Beatha Obrach Fhallain fhaighinn san Fhaoilleach 2018. Gus an duais airgid fhaighinn, chuir an sgioba HR agus buidheann obrach tar-bhuidhne air chois raon de dh'iomairtean airson luchd-obrach a bha ag amas air àrainn obrach nas fhallain tro 2018-19. Bha seo a' brosnachadh luchd-obrach a bhith ag ithe biadh fallain, a' toirt dhaibh chothroman meudachadh na bha iad a' dèanamh de chur-seachadan fiosaigeach, agus a' ruith thachartasan a bha ag adhartachadh slàinte inntinn dheimhinneach.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air grunnan phoileasaidhean a tha a' toirt buaidh air sunnd luchd-obrach leithid feadhainn a tha a' toirt taic do bhith aig an àite-obrach; a bhith a' seachnadh tubaistean san àite-obrach; agus a' cuideachadh luchd-obrach aig a bheil duilgheadas le deoch na drogaichean.



**Tha sinn a' leantainn oirnn a' leasachadh nan siostaman agus nan seirbheisean a tha sinn a' rianachd às leth luchd-clàraichte."**

# Lèirmheas Ionmhasail

## Tar-shealladh


Chlàr am buidheann cosgais ghlan, ro bhuannachdan/call aithnichte, de £87,000 airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019 (2017–18 mar a chaidh innse: teachd a–steach glan de £16,000) mar a chaidh a chlàradh ann an Aithris nan Carthannas mu Phractas air a Mholadh (SORP) (FRS102). Tha na prìomh ghluasadan ann an teachd–a–steach agus cosgais air am mineachadh gu h-ìosal:

## Teachd-a-steach

Bha an teachd–a–steach air fad bho ghniomhan carthannais tron bhliadhna ionmhais aig £5.79m (2017–18 mar a chaidh innse: £5.67m).

## Clàradh gnìomhan

Tha a' mhòr chuid de ionmhas GTC Alba a' tighinn bho chisean a bhios thidsearan a' pàigheadh oir feumaidh iad fo Òrdugh Achd Ath-leasachadh Sheirbheisean Poblach (Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba) 2011 a bhith clàraichte leis a' Chomhairle agus a bhith a' teagasg ann an Alba.



- Gnìomhan clàraidh £4,997,864
- Cisean PoVG £132,626
- Cosgaisean ath-chur air treas phàrtaidhean £436,348
- Maoin on taobh a-muigh £135,766
- Sanasachd & sponsaireachd £85,201
- Teachd-a-steach eile £1,438

Lean an àireamh de thidsearan clàraichte a' meudachadh tro 2018–19 le còrr air 75,000 air a' chlàr aig deireadh na bliadhna (2017–2018: còrr air 74,000 thidsearan clàraichte) a'

cruthachadh teachd–a–steach de £5.00 millean (2017–2018: £4.88 millean). Faodaidh na h-àireamhan sin a bhith air am briseadh sìos mar a leanas:

|  | Mar aig 31<br>Màrt 2019 | Mar aig 31<br>Màrt 2018 |
|--|-------------------------|-------------------------|
| Ceannardan Bun-sgoile                      | 1,085                   | 1,194                   |
| Foghlam Bun-sgoile                         | 38,011                  | 36,859                  |
| Ceannardan Àrd-sgoile                      | 165                     | 179                     |
| Foghlam Àrd-sgoile                         | 35,943                  | 35,446                  |
| Foghlam Adhartach (Earrann nan Colaistean) | 448                     | 485                     |
| Institiut foghlam thidsearan               | 132                     | 134                     |
| <b>Sùim air fad</b>                        | <b>75,784</b>           | <b>74,297</b>           |

## Cosgais air a chur air treas phàrtaidhean

Tha GTC Alba an sàs ann an raon farsaing de dh'iomairtean agus adhartachadh, taic a thoirt agus leasachadh ionnsachadh proifeiseanta thidsearan.

Is e prògram suidheachadh nàiseanta a tha sa pròiseas Suidheachadh Tidsear Treanaidh a tha a' gabhail a–steach siostam a tha a' toirt cothrom a bhith gu furasta a' maidseadh oileanaich a tha a' trèanadh mar thidsearan gu cothroman a bhith suidhichte ann an sgoiltean tro Alba air fad. Tha GTC Alba a' leasachadh, a' cumail suas agus a' toirt aogheachd don t-siostam às leth nan oilthighean, ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean. B' e an àireamh iomlan de shuidheachaidhean oileanach sa bhliadhna 16,840 (2017–18: 16,404). B' e an sùim air fad a chur GTC Alba air na h-oilthighean agus na h-ùghdarrasan ionadail airson na seirbheis seo tro 2018–19 £270k (2017–18: £260k).

Ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, tha GTC Alba an urra ri bhith a' rianachd an Sgeama Inntigridh Thidseir (TIS). Tha an sgeama seo a' tabhann barantachadh airson dreuchd trèanaidh fad bliadhna ann an ùghdarras ionadail do dh'oileanach a tha airidh is a tha a' ceumnachadh le teisteanas teagaisg bho aon de dh'oilthighean Alba. B' e an sùim air fad a chur GTC Alba air Riaghaltas na h-Alba airson a bhith a' rianachd an sgeama seo ann an 2018–19 £49k (2017–18: £48k). Chaidh £113k ath-chur tron bhliadhna le GTC Alba airson luchd-obrach a chaidh fho-fhastadh gu buidhnean eile (2017–18: £77k).





Bha an teachd-a-steach iomlan bho ghniomhachd carthannais rè na bliadhna ionmhais

**£5.79m**

B' e an àireamh iomlan de ghreisean oileanach a chaidh a dhèanamh sa bhliadhna

**16,840**

Lean an àireamh de thidsearan clàraichte a' dol suas ann an 2018-19 gu còrr

**75,000**

### Maoin on Taobh a-muigh

Bidh GTC Alba cuideachd a' faighinn maoin eachadh bho threas phàrtaidhean taobh a-muigh gus taic a thoirt do phròiseactan sònraichte. Tron bhliadhna, fhuair eadh £ 80k (2017-18: £ 126k) bho Riaghaltas na h-Alba gus pròiseact an dàrna bliadhna a mhaoineachadh gus e-pasgan nàiseanta a leasachadh do thidsearan (MyPL). Fhuair £ 55k eile (2017-18: £ 36k) bhon phròiseact MQUIE, a tha a' toirt a-steach rannsachadh gus ceumnaichean foghlam thidsearan 2017-18 a leantainn fhad' s a thèid iad air adhart tro na ciad còig bliadhna de an dreuchdan.


### Sanasachd agus urrasachd

Tha GTC Scotland a' tabhann raon de sheirbheisean taice do thidsearan, a' gabhail a-steach iris Teaching Scotland a bhios a' sgaoileadh còig tursan sa bhliadhna don h-uile duine air a' Chlàr. Chruthaich toradh na h-iris teachd-a-steach sanasachd iomlan de £55k tron bhliadhna (2017-18: £75k). Chaidh £15k a bharrachd de theachd-a-steach sanasachd a chruthachadh mar thoradh air an App MyBenefits a chaidh a chuir air bhog tron bhliadhna. Thathas a' beachdachadh air cothroman sanasachd is urrasachd gach cùis fa leth; tha prìomh bheachdachaidhean buntainneach do luchd-clàraidh agus cumail ri luachan GTCS. Chùm GTC Alba an dàrna Duais Sàr-mhathais ann an Ionnsachadh Proifeiseanta san t-Sultain 2018. Chruthaich urrasachd nan duaisean £15k (2017-18 Eneoni).



## Cosgais

B' e a' chosgais iomlan air gnìomhan carthannais rè na bliadhna ionmhais £5.98m (2017–18 mar a chaidh ath-aithris: £5.68m).



- **Cosgais luchd-obrach** £3,504,425
- **Cosgais obrachaidh** £1,974,408
- **Cosgais thoglaichean** £348,103
- **Cosgais riaghlachais** £148,213

### Cosgais luchd-obrach

Bha cosgais luchd-obrach ann an 2018–19 aig £3.5m (2017–18: £3.06m) agus bha iad a' dèanamh suas mu 59% (2017–18: 54%) de chaiteachas na buidhne air gnìomhan carthannais. Le ath-structaradh tron bhliadhna chaidh an roinn leasachaidh is conaltraidh a chruthachadh agus chaidh ceithir àrd-mhanaidsearan ro-innleachdail fhadhadh. Bidh an Sgioba Stiùiridh Corporra (CMT) a' beachdachadh air gach dreuchd ùr agus dìreach às dèidh dhaibh aonta fhaighinn bidh fastadh a' tachairt.

Mheudaich cuibhreann GTC Alba de mhaoin peinnsein sochair comharraichte Maoin Peinnsein Srath Chluaidh (SPF) bho £2.6m aig 31 Màrt 2018 gu £4.3m aig 31 Màrt 2019. Mar thoradh air a' ghluasad seo thàinig cosgais peinnsein a bharrachd de £603k (2017–18: £330k) a bhith fo chasaid an Aithris air Gnìomhachd Ionmhais (SoFA).

Chaidh am buailteachd do pheinnsein aig 31 Màrt 2019 obrachadh a-mach air a' bhun-stèidh a chaidh a mholadh le FRS102. Tha an luachadh foirmeil den SPF air a dhèanamh a h-uile trì bliadhna air bhun-stèidh cunntasachd eadar-dhealaichte bho luachadh atharrachail na bliadhna seo a tha ag adhbharachadh mòran atharrachaidh sa bhualteachd a bha air aithris. Chan eil seo ann fhèin mar sholas air dèanadas an SPF agus tha e a' dèanamh coimeas eadar bhliadhnachan doirbh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu chosgais luchd-obrach ann an nota 8 gu na h-aithrisean ionmhasail.

### Cosgais obrachaidh

Bha na cosgais obrachaidh £1.97m tron bhliadhna (2017–18: £1.99m) agus nan soilleireachadh air na cosgais nach robh ceangailte ri luchd-obrach a tha aig GTC Alba a thaobh a bhith a' tabhann sheirbheisean do luchd-clàraichte. Tha na prìomh chosgais co-cheangailte ri IT agus an solar is cumail suas làraich-lìn GTC Alba; cosgais laghail a thaobh a' phròiseas FtT; agus cosgais foillseachaidh a thaobh a bhith ag ullachadh iris GTC Alba, Teaching Scotland. Tha mòran oidhirp agus seilbheachd air a bhith air a dhèanamh thar nan 12–18 mìos a chaidh seachad gus cur ri comas didseatach GTC Alba agus am buidheann a dhèanamh nas èifeachdaich le pròiseasan fèin-obrachaidh agus èifeachdais. Mar thoradh air sin bha cosgais IT mu £90k na b' isle ann an 2018–19. Ged a bha an sàbhaladh seo ann chaidh £85k a chosg air VAT. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann an nota 14 de na h-aithrisean ionmhasail.

### Cosgais thoglaichean

Bha cosgais thoglaichean £348k tron bhliadhna (2017–18: £479k) agus a' soilleireachadh nan cosgais a tha an cois a bhith a' ruith agus a' cumail suas oifisean GTC Alba, Taigh Clerwood. Tha na cosgais thoglaichean gu math nas isle ann an 2018–19 an dèidh an ùrachaidh mhòr a chaidh a dhèanamh air Taigh Clerwood, agus b' ann sa bhliadhna ron seo a chaidh a' mhòr chuid den obair a dhèanamh. Chaidh an ath-leasachadh a chrìochnachadh sa Ògmhios 2018.

### Cosgais riaghlachais

Ràinig cosgais riaghlachais £148k tron bhliadhna (2017–18: £150k) agus a' soilleireachadh nan cosgais a tha an cois ullachaidhean riaghlachais a' charthannais a tha co-cheangailte ri bhith a' ruith a' charthannais. Bha meudachadh ann am pàigheadh an neach-sgrùdaidh, an dèidh do luchd-sgrùdaidh ùra on taobh a-muigh a bhith air an cur an dreuchd tron bhliadhna, ach bha lùghdachadh ann an cosgais taghaidh ann bliadhna oir is ann gach dàrna bliadhna a bhios taghaidhean air an cumail. Mar thoradh air sin, tha cosgais riaghlachais air fantainn an ìre mhath co-sheasmhach bliadhna air bhliadhna.

## Cosgais calpa

B' e an cosgais calpa a bha ann tron bhliadhna £232k (2017–18: 164k). Den seo, bha £92k co-cheangailte ri bhith a' crìochnachadh ath-leasachadh agus ullachadh Taigh Clerwood, leis a' chothromachadh de £140k co-cheangailte ri seilbh ann an leasachadh IT.

## Dèanadas pàighidh solaraidhe

Tha GTC Alba a' toirt taic do Chòda Pàighidh Luath an CBI agus a' pàigheadh a sholaraidhean a rèir prionnsapalan a' Chòda. Tha cunntasan a tha air an ùghdarrachadh gu ceart air am pàigheadh taobh a-staigh 10 là a rèir deagh phractas. Tha modh-obrach



aig GTC Alba a thaobh solar a tha air a dhealbh gus deagh luach a choileanadh agus tha e air ath-sgrùdadh gu riaghailteach.

## Cothromachadh airgid

Mar aig 31 Màrt 2019, bha cothromachadh ionmhais aig GTC Alba de £4.3m (2018: £3.8m). Tha na cothromachaidhean sin air nach eil feum airson adhbharan obrachaidh gearr-ùine air an tasgadh ann am bancaichean le deagh chliù gus riadh a chosnadh. Tha airgead taisgte air a sgaoladh thairis air grunnan bhancaichean agus tha GTC Alba riarachtaich nach eil e fuasgailte do chunnart lionntachd sam bith.

## Poileasaidh cùl-stòr

Tha maoin cuingichte agus neo-chuingichte aig GTC Alba agus tha fiosrachadh mun deidhinn air an toirt ann an nota 16 de na h-aithrisean ionmhasail.

Is iad cùl-stòran a' charthannais aig 31 Màrt:

|  | 2019 (£'000) | 2018 (£'000) |
|--|--------------|--------------|
| <b>Cùl-stòran càrnaichte gun bhacadh</b>                 | 5,702        | 5,158        |
| <b>Thoir air falbh: ri chur ri so-mhaoin shuidhichte</b> | 1,877        | 1,847        |
| <b>Cùl-stòran ri làimh</b>                               | <b>3,825</b> | <b>3,311</b> |

Is e poileasaidh cùl-stòran GTC Alba a bhith a' dèanamh

cinnteach gu bheil gu leòr so-mhaoin làithreach ann gus coinneachadh ris na dleastanasan cùmhantail mar a bhios iad rim pàigheadh. Tha a' Chomhairle dhan bheachd gum bu chòir an ìre as ìsle de chùl-stòran a bhith gu leòr gus coinneachadh ri cosgaisean ruith trì mìosan air an cumail ann am maoin ruith a bhios co-ionann ri £1.4m. Tha a' Chomhairle am beachd gun deach coinneachadh ris a' phoileasaidh seo.

## Riochd a bhith a' dol

Tha a' Chomhairle am beachd gu bheil e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air bhun-stèidh ghnothaich a tha a' dol. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann an nota 1 de na h-aithrisean ionmhasail.

## Maoin air a ghleidheadh às leth feadhainn eile

Tron bhliadhna, chaidh obair Colaiste na h-Alba airson Ceannardas Foghlaim (SCEL) a ghluasad gu Foghlam Alba. Aig an àm sin, chaidh aontachadh gum bu chòir maoin SCEL a bhith air a chleachdadh gus sgeama bursaraidh ùr a chruthachadh gus taic a thoirt do dhaoine a bha an sàs ann an teagasg, rannsachadh a dhèanamh. Chaidh am maoin, de £75,326, a chur gu GTC Alba. Tha GTC Alba mar àidseant Maoin Dileab SCEL ach chan eil ùghdarras aige air mar a tha na bursaraidhean air an toirt seachad, oir tha iad fo ùghdarras Comataidh Taghaidh Maoin Dileab SCEL. Mar sin, tha a' mhaoin sin air aithneachadh mar mhaoin cuingichte, mar a chithear ann





an nota 16 de na h-aithrisean ionmhasail.

## Prìomh riosgan

Tha GTC Alba dealasach mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil manaidsachd cunnart mar bhunait do agus a' toirt taic do bhith a' libhrigeadh a' phlana ro-innleachdail agus a bhith a' cur dleastanasan reachdail GTC Alba an cèill, agus gu bheil siostam rianachd riosg a tha èifeachdach agus tàbhachdach ann an àite. Tha uallach san fharsaingeachd aig a' Chomhairle gu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean èifeachdach nan àite gus barantas a thoirt mu rianachd riosg, riaghlachas agus smachd on taobh a-staigh.

Tha GTC Alba a' cumail suas clàr riosgan a tha a' toirt mion chunntas air na riosgan as motha a thaobh a bhith a' libhrigeadh tùs-amasan ro-innleachdail a' Charthannais. Bidh an CMT a' dèanamh lèirmheas air a' chlàr riosgan gach seachdain; aig gach coinneamh sgioba thar na buidhne; agus bidh an làn Chomhairle ga dhèanamh aig gach tè de na coinneamhan ràitheil.

Tha prìomh riosgan na buidhne a' gabhail a-steach na leanas:

- Tha Brexit agus a' mhì-chinnt a tha a' leantainn mu na cùisean laghail agus am pròiseas airson a bhith a' clàradh thidsearan bhon EU. Dh'fhaodadh na builean a bhiodh ann gabhail a-steach àrdachadh san uallach riaghlaidh air GTC Alba. Tha planaichean a cheana ann an àite gus na riosgan sin a lasachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' tilleadh chun phròiseas clàraidh againn airson an-còrr-den-saoghal airson a h-uile tidsear bhon EU.
- Tha teicneòlas agus gu sònraichte an t-astar aig bheil e ag atharrachadh na dhùbhlann ris a bheil GTC Alba gu gnìomhach a' dèiligeadh. Faodaidh seo a bhith iom-fhillte leis gu feum sinn dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' leasachadh siostaman a tha a' coinneachadh ri feuman agus sgilean gach neach-clàraichte is chan e dìreach an fheadhainn a tha nan tùsanaich didseatach. Tha sinn a' cur cudrom mòr air a bhith a' leasachadh ar bun-structair agus a bhith a' tabhann barrachd sheirbheisean, leithid clàradh air-loidhne. Tha a bhith a' gèilleadh do GDPR na dhùbhlann eile, a tha sinn a' dèiligeadh ris le cuideachadh bho ar n-Oifigear Gèilleadh Fiosrachaidh.
- Tha GTCS a' leantainn air adhart leis an dealas aige a thaobh a bhith a' creideasachadh phrògraman tùs foghlam thidsearan agus a' toirt taic do thrusadh agus a' gleidheadh thidsearan de dh'àrd-chàileachd. Bidh sinn a' dèanamh seo le bhith a' cluich prìomh dhreuchd ann a bhith a' stiùireadh, a' toirt taic agus ag adhartachadh ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd agus ceannardas ionnsachaidh, agus tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil inbhean air an cumail suas. Tha sinn ag obair gus a bhith a' tabhann raon de shlighean nas fharsaingeach agus nas sùbailte a-steach gu teagasg gus

dèanamh cinnteach gu bheil daoine bhon h-uile seòrsa cùl-raon a' faighinn cothrom air foghlam thidsear. An uair a bhios sinn a' dèanamh seo, feumaidh sinn a bhith a' cothromachadh an iarrtais leantainn a tha ann airson inbhean àrda agus an àrd-chàileachd a tha mar chomharra air clàradh le GTC Alba.

- A' dèanamh cinnteach gu bheil ar pròiseasan FtT air an tuigsinn le luchd-clàraidh agus le luchd-obrach ùghdarras ionadail. Tha sinn air dà Oifigear Leasachaidh a chur ann an dreuchd gus mothachadh air ar pròiseasan àrdachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ear a' cumail ri ar prionnsapalan bunaiteach de chothromachd agus co-rèireachd.

Chan eil sinn a' meas gun toir gin sam bith de na riosgan sin droch bhuaidh air dèanadas ionmhasail no suidheachadh GTC Alba a' dol air adhart.







**Is e buidheann nuadhachaidh a tha ann an GTC Alba a tha aig toiseach gnothaich a thaobh foghlam ann an Alba. Leanaidh sinn oirnn a' dlùth ghabhail ris a' mhisean againn a bhith mar bhuidheann aig ìre an t-saoghail an sàs san ùidh phoblach gus am proifeisean teagaisg a riaghailteachadh agus a' toirt taic don ionnsachadh proifeiseanta agus leasachadh leantainneach aige."**

### Planaichean airson amannan ri teachd

Ann an 2019–20, is e am buidseat aontaichte air fad £6.7m. Tha seo a' gabhail a-steach solar, cho math ri agus thairis air na gnìomhan co-cheangailte ri foghlam agus conn-riaghailtean, airson a bhith a' libhrigeadh trì prìomh phròiseactan a tha air a bhith air an comharrachadh mar phrìomhachas do GTC Alba, is iad sin:

- Ùrachadh Inbhean Proifeiseanta agus ath-sgrùdadh air COPAC
- Clàradh de dh'Òraidichean Colaiste agus Oidean Innealan-ciùil
- Ìrean 2 agus 3 de Atlas (pròiseact CRM a' leantainn air adhart).

Bidh a' Chomhairle cuideachd a' leasachadh plana ro-innleachdail ùr, airson nan trì bliadhna 2020–23. Bheir am plana ro-innleachdail taic don lèirsinn a tha aig GTC Alba a bhith a' barantachadh is ag àrdachadh proifeiseantachd foghlaim agus a' brosnachadh ionnsachadh agus teagaisg aig ìre an t-saoghail; agus a' comharrachadh raointean a dh'fheumas seilbheachd san àm ri teachd.

Is e buidheann nuadhachaidh a tha ann an GTC Alba a tha aig toiseach gnothaich a thaobh foghlam ann an Alba. Leanaidh sinn oirnn a' dlùth ghabhail ris a' mhisean againn a bhith mar bhuidheann aig ìre an t-saoghail an sàs san ùidh phoblach gus am proifeisean teagaisg a riaghailteachadh agus a' toirt taic don ionnsachadh proifeiseanta agus leasachadh leantainneach aige.

Ann an 2019–20, tha am buidseat caiteachais ceadaichte iomlan

**£6.7m**

# Structar, Riaghlachas is Rianachd

## Am buidheann

Bha GTC Alba clàraichte mar Charthannas Albannach (SC006187) air 17 Dàmhair 1966 leis an adhbhar carthannais a bhith ag àrdachadh foghlam.

Tha GTC Alba air a riaghladh le Comhairle de 37 ball a tha nan Urrasairean Carthannais agus a tha air an ainmeachadh mar a' Chomhairle.

## Buill na Comhairle

Tha a' Chomhairle air a dèanamh suas de 19 ball a tha nan tidsearan clàraichte, 11 luchd-ùidh foghlaim a tha air an ainmeachadh agus seachdnar bhall eile a tha air an cur an dreuchd le Comataidh Suidheachaidhean Neo-eisimeileach.

Tha ballrachd na Comhairle stèidhichte air teirm-oifis ceithir bliadhna agus a' leantainn prògram a tha a' gabhail a-steach pròiseasan taghaidh, ainmeachaidh agus suidheachadh an dreuchd a bhios a' gabhail àite a h-uile dà bhliadhna agus bidh dàrna leth nam ball a' seasamh sìos aig deireadh gach teirm de dà bhliadhna.

Tha dà là slàn de thachartas inntrigidh agus ionnsachadh proifeiseanta air a libhrigeadh dhan h-uile ball Comhairle ùr agus feadhainn a tha a' tilleadh aig toiseach gach Comhairle ùr. Bidh na buill a bhios a' tighinn a-steach aig meadhan an teirm a' faighinn geàrr-iomradh den phrògram mus tig iad chun a' chiad choinneamh comataidh. Bidh na comataidhean air fad a' dol tro thachartas ionnsachadh proifeiseanta leth-latha gach bliadhna agus dèanamh cinnteach gu bheil deagh fhiosrachadh aca air raointean a tha deatamach do dh'obair na comataidh air a bheil iad. Bidh seiseanan eile air an ullachadh mar a bhios feum orra.

Tha fiosrachadh mu bhallrachd na Comhairle airson 2018-19 air an cur an cèill air duilleag 29 den aithisg.

## Farsaingeachd an uallaich

Tha a' Chomhairle an urra ri bhith a' seatadh lèirsinn agus stiùireadh ro-innleachdail na buidhne agus airson a bhith a' cumail sùil air adhartas agus iad sin a choileanadh, fhad 's a tha iad a' cumail rin dleastanasan mar Urrasairean carthannais. Tha a' Chomhairle cuideachd an urra ri bhith a' cumail sùil air a' Cheannard agus an Clàradair agus a' dèanamh cinnteach gu bheil am buidheann air a rianachd gu h-èifeachdach agus gu tàbhachdach.

## Uallaichean buill na comhairle a thaobh nan cunntasan

Tha buill na Comhairle an urra ri bhith ag ullachadh na h-Aithisg Bhliadhnail agus na h-aithrisean ionmhasail a rèir an lagh iomchaidh agus Inbhean Cunntasachd na Rìoghachd Aonaichte (Practas Cunntasachd Aontaichte gu Coitcheann san Rìoghachd Aonaichte), a' gabhail a-steach Inbhe Aithris Ionmhasail 102, "An Inbhe Aithris Ionmhasail a tha iomchaidh san RA agus Poblachd na h-Èirinn".

Tha an achd a tha a' buntainn ri carthannasan ann an Alba a' cur riathanas air buill na Comhairle aithrisean ionmhasail ullachadh airson gach bliadhna ionmhais a tha a' toirt aithris fhior agus chothromach de shuidheachadh a' charthannais agus mu theachd-a-steach agus cosgais a' charthannais airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail sin, feumaidh buill na Comhairle:

- Poileasaidhean cunntasachd freagarrach a thaghadh is an cur an sàs gu cunbhalach;
- Cumail ris na modhan is na prionnsapalan sna Carthannasan SORP (FRS 102);
- Breithneachaidhean is tuairmsean a tha reusanta is ciallach a dhèanamh;
- Innse a bheilear air inbhean cunntasachd iomchaidh a leantainn, fo bhuidhne atharrachaidhean sam bith a thèid an aithris is am mineachadh sna h-aithrisean ionmhasail; agus
- Na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air mhodh ghnòthaich a tha a' leantainn air adhart mur eil e neo-iomchaidh smaoinichadh gu bheil an carthannas a' dol a chumail air an sàs sa ghnòthachas.

Tha buill na Comhairle an urra ri bhith a' cumail càran cunntasachd iomchaidh a tha a' toirt cunntas le mionaideachd reusanta aig àm sam bith air suidheachadh ionmhasail a' charthannais agus a tha ga dhèanamh comasach dhaibh dearbhadh gu bheil na h-aithrisean ionmhasail a rèir Achd Bhuidhnean Carthannais agus Tasgadh Urrasachd (Alba) 2005, Cunntasan Charthannais (Alba) Conn-riaghailtean 2006 (mar a chaidh atharrachadh), agus Òrdugh Ath-leasachadh Sheirbheisean Poblach (Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba) 2011. Tha iad cuideachd an urra ri bhith a' dìon seilbh a' charthannais agus mar sin a' gabhail cheumannan reusanta airson a bhith a' bacadh agus a' lorg foill agus fo-riaghailteachdan eile.

Tha buill na Comhairle an urra ri cumail suas agus fireantachd a' Charthannais agus ris an fhiosrachadh ionmhasail a tha air làrach-lìn a' Charthannais. Dh'fhaodadh an reachdas san Rìoghachd Aonaichte co-cheangailte ri ullachadh agus sgaoileadh aithrisean ionmhasail a bhith eadar-dhealaichte ri reachdas ann an uachdranasan eile.





## Frèam-obrach riaghlachais

Tha mòran de dh'obair na Comhairle air a dhèanamh tro a chomataidhean aig a bheil cumhachdan air an tiomnadh ann an cuid de raointean. Bidh na comataidhean a' riaghailteachadh agus a' moladh phoileasaidhean air an aontachadh leis a' Chomhairle. Bidh iad cuideachd a' comhairleachadh, ag innse agus a' cur air adhart molaidhean air cùisean eile airson na Comhairle no a comataidhean eile no fo-chomataidhean mar a bhios iomchaidh.

Bidh buill Comhairle GTCS a' frithealadh air aon no còrr de na comataidhean agus fo-chomataidhean a leanas:

- Comataidh an Foghlaim
- Comataidh Gniomha
- Comataidh Ionmhas agus Seirbheisean Corporra (ron seo Comataidh Ionmhas agus Adhbharan Coitcheann)
- Comataidh Urras Riaghailteachas Proifeiseanta
- Fo-chomataidh Sgrùdaidh
- Fo-chomataidh Luchd-obrach.

Tha Sgioba Rianachd Corporra GTC Alba (CMT) an urra ri obair na buidhne bho là gu là. Is e a' Chomhairle a tha an urra ri bhith a' suidheachadh a' Cheannaird. Tha pàigheadh a' Cheannaird air a dhàingneachadh le Neach-gairm na Comhairle agus Cathraiche Comataidh Ionmhas agus Seirbheisean Corporra. Tha pàigheadh nam ball eile san CMT an urra ri Neach-gairm na Comhairle agus an Ceannard.



## Adhbhar airson frèam-obrach riaghlachais

Tha an siostam riaghlachais air a dhealbhadh gus riosg a mhanaidseadh seach a bhith a' dubhadh a-mach a h-uile riosg a bhith a' fàilligeadh gus prìomhachasan ro-innleachdail GTC Alba a choileanadh. Tha an siostam riaghlachais stèidhichte air pròiseas leantainneach a tha air a dhealbhadh gus na prìomh riosgan a chomharrachadh a thaobh a bhith a' coileanadh prìomhachasan ro-innleachdail GTC Alba; gus luachadh nàdar agus meud nan riosgan sin; agus am manaidseadh gu tàbhachdach, gu h-èifeachdach agus gu eaconamach. Tha e air aithneachadh nach urrainn siostaman ach urras reusanta a thoirt, ach gun a bhith gu tur cinnteach, gu bheil riosgan mòra air a bhith air an riaghladh gu h-urranta.



## Lèirmheas air èifeachdas

Mar Neach-gairm na Comhairle, tha uallach orm airson a bhith a' dèanamh lèirmheas air èifeachdas an t-siostam riaghlachais. Tha an lèirmheas agam a' faighinn fiosrachadh bho:

- Obair na Comhairle agus an stiùir ro-innleachdail a tha e a' toirt don bhuidheann;
- Obair nan Comataidhean agus nan Fo-Chomataidhean;
- Na manaidsearan sa bhuidhinn aig a bheil uallach airson leasachadh agus cumail suas frèam-obrach smachd air an taobh a-staigh; agus
- Beachdan a thug an neach-sgrùdaidh on taobh a-muigh na litir manaidisidh agus aithisgean eile.


### Cùisean ag èirigh

Cha robh cùisean sam bith eile ag èirigh a thuilleadh air an fheadhainn a tha a cheana air an cur an cèill san aithisg seo.

### Co-dhùnadh

Stèidhichte air a' bharantas a chaidh a thoirt dhomh, tha mi air a thighinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil an siostam smachd air an taobh a-staigh ag obair gu h-èifeachdach agus gu bheil planaichean gnìomh iomchaidh ann an àite gus dèiligeadh ri laigsean sam bith agus gus dèanamh cinnteach à leasachadh leantainneach den t-siostam.

### Le òrdugh na Comhairle:




**Kenneth Muir**  
Ceannard agus Clàradair



**David Innes**  
Neach-gairm na Comhairle

25 Sultain 2019





## Ballrachd na Comhairle – 2 Giblean 2018 gu 1 Giblean 2019

### I BUILL TAGHTE [19]

#### (a) Tidssearan Bun-sgoil/Nursaraidh [9]

|                   |                  |        |
|-------------------|------------------|--------|
| *Lillian Field    | Ceannard-sgoile+ | (2022) |
| *Alison Palmer    | Ceannard-sgoile+ | (2020) |
| *Thomas Britton   | Tidsear          | (2022) |
| *Craig Carson     | Tidsear          | (2020) |
| *Adela Mansur     | Tidsear          | (2020) |
| *Lorraine McBride | Ceannard-sgoile  | (2022) |
| *John Rodgers     | Tidsear          | (2022) |
| *Edith Swinley    | Tidsear          | (2020) |
| *Martin Whitfield | Tidsear          | (2020) |

#### (b) Tidssearan Àrd-sgoile [8]

|                   |                  |                             |
|-------------------|------------------|-----------------------------|
| *David Innes      | Ceannard-sgoile+ | (2020)                      |
| *John Devine      | Ceannard-sgoile+ | (2022)                      |
| *Richard Bell     | Tidsear          | (2020)                      |
| *Aileen Lynch     | Tidsear          | (2022)                      |
| *Kevin Campbell   | Tidsear          | (2020)                      |
| *Karen J Farrell  | Tidsear          | (2020)                      |
| *Iain Macmillan   | Tidsear          | (Bhon Lùnastal 2018) (2020) |
| *James Moore      | Tidsear          | (Chun Ògmhios 2018) (2020)  |
| *Adam C Sutcliffe | Tidsear          | (2022)                      |

#### (c) Foghlam Adhartach [1]

|                |        |
|----------------|--------|
| *Pamela Currie | (2020) |
|----------------|--------|

#### (d) Oilthighean a' tabhann cùrsaichean Tùs Foghlam Thidsear [1]

|              |        |
|--------------|--------|
| *Paula Cowan | (2020) |
|--------------|--------|

### II BUILL AINMICHTE [11]

#### (a) Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (an dèidh co-chonaltradh le Comann Stiùirichean Foghlam an Alba) [3]

|              |        |
|--------------|--------|
| John Bell    | (2022) |
| *Helen Budge | (2020) |
| *David Dodds | (2022) |

#### (b) Oilthighean Alba (an dèidh co-chonaltradh le oilthighean a tha a' tabhann cùrsaichean Tùs Foghlam Thidsear) [3]

|                 |                       |        |
|-----------------|-----------------------|--------|
| *Sue Ellis      | (Chun Dùbhlachd 2018) | (2020) |
| *Donald Gillies |                       | (2022) |
| *Neil Simco     |                       | (2022) |
| Beàrn           | (Bhon Dùbhlachd 2018) | (2020) |

#### (c) Colaistean Foghlam Adhartach [1]

|                 |        |
|-----------------|--------|
| David Alexander | (2022) |
|-----------------|--------|

#### (d) Comhairle Alba Sgoiltean Neo-eisimeileach [1]

|                  |        |
|------------------|--------|
| *Margaret Lannon | (2020) |
|------------------|--------|

#### (e) Eaglais na h-Alba [1]

|                  |                       |        |
|------------------|-----------------------|--------|
| Alexander Fraser | (Chun na Samhna 2018) | (2020) |
| Beàrn            | (Bhon na Samhna 2018) | (2020) |

#### (f) An Eaglais Chaitligeach [1]

|                |        |
|----------------|--------|
| Patricia Scott | (2022) |
|----------------|--------|

#### (g) Comhairlean Phàrant agus Co-Chomhairlean Phàrant [1]

|                 |        |
|-----------------|--------|
| Barrie Sheppard | (2022) |
|-----------------|--------|

### III BUILL NEO-CHLÈIRICHTE [7]

|                  |                     |        |
|------------------|---------------------|--------|
| Lynsey Cleland   | (Bhon Ògmhios 2018) | (2020) |
| Audrey Cowie     | (Chun Ògmhios 2018) | (2020) |
| Lawrie Davidson  | (Bhon Ògmhios 2018) | (2020) |
| Ian Jackson      |                     | (2020) |
| Nazim Hamid      |                     | (2022) |
| Jane Malcolm     |                     | (2022) |
| Coral Riddell    |                     | (2022) |
| Carole Wilkinson | (Bhon Ògmhios 2018) | (2020) |
| Beàrn            | (Chun Ògmhios 2018) | (2020) |

+Àitean Glèidhte do Cheannardan

\*Tidsear Clàraichte

++ Gluasad bho Àite Tidsear gu Àite Glèidhte Ceannard

(2020) no (2022) a' comharrachadh na bliadhna sa bheil teirm oifis airson seata Comhairle sònraichte a' crìochnachadh air 1 Giblean

[ ] Àireamhan ann an cromagan ceàrnagach airson an àireamh bhall anns gach roinn

# Fios mu Chùisean Reifreans is Rianachd

## Prìomh Oifis

Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba  
Taigh Clerwood  
96 Rathad Clermiston  
Dùn Èideann  
EH12 6UT

Fòn: 0131 314 6000

Àireamh Carthannais  
SC006187

## Bancairean

Banca na h-Alba  
PO Box 1000  
BX2 1LB

Banca Rioghail na h-Alba  
36 St Andrews Square  
Dùn Èideann EH2 2AD

Banca Dhail Chluaidh  
83 George Sràid  
Dùn Èideann EH2 3ES

Santander  
Bootle  
Merseyside L30 4GB

## Luchd-lagha

Anderson Strathern LLP  
1 Rutland Court  
Dùn Èideann EH3 8EY

## Sgrùdaire on Taobh a-muigh

RSM UK Audit LLP  
Third Floor, Centenary House  
69 Sràid Wellington  
Glaschu  
G2 6HG

## Comhairle, Comataidhean agus Fo-chomataidhean

Comhairle

Comataidh Stiùiridh

Comataidh Dearbhadh Riaghailteachadh Proifeiseanta

Comataidh an Fhoghlaim

Comataidh an Ionmhais agus Seirbheisean Corporra

Fo-chomataidh Sgrùdaidh

Fo-chomataidh Luchd-obrach

## Neach-gairm

David Innes

David Innes

Lorraine McBride

Craig Carson

Ian Jackson

Karen J Farrell

John Devine

## Iar-Neach-gairm

Edith Swinley

Edith Swinley

Thomas Britton

Richard Bell

Neil Simco

Edith Swinley

Lillian Field

## Prìomh Sgioba Riaghlaidh

Kenneth Muir Ceannard agus Clàradair

Ellen Doherty Stiùiriche an Fhoghlaim, Clàradh agus Ionnsachadh Proifeiseanta (a' leigeil dhi a dreuchd Sultain 2019)

Jennifer Macdonald Stiùiriche Conn-riaghailtean agus Seirbheisean Laghail

Martin Osler Stiùiriche Seirbheisean Corporra







# Aithisg Luchd-Sgrùdaidh on Taobh A-Muigh gu Buill Comhairle de Chomhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba

## Beachd

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air aithrisean ionmhasail Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (an 'carthannas') airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019 a tha a' gabhail a-steach Aithris air Cùisean Ionmhais, an Clàr Cothromachaidh, Aithris air Sruthan Airgid agus notaichean ris na h-aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas air poileasaidhean cunntasachd cudromach. Is e am frèam-obrach aithris ionmhasail a tha air a bhith air a chleachdadh ann a bhith gan ullachadh, lagh iomchaidh agus Inbhean Cunntasachd na Rìoghachd Aonaichte, a' gabhail a-steach FRS 102 "An Inbhe Aithris Cunntasachd iomchaidh san RA agus Poblachd na h-Èireann (Inbhe Cunntasachd iomchaidh gu Coitcheann san Rìoghachd Aonaichte).

Nar beachd tha na h-aithrisean ionmhasail:

- a' toirt sealladh fìor agus cothromach de shuidheachadh a' charthannais mar aig 31 Màrt 2019 agus mu na stòrasan a bha a' tighinn a-steach agus mar a bhathar a' cur nan stòrasan an sàs, airson na bliadhna a bha an uair sin a' tighinn gu ceann;
- air a bhith air an ullachadh gu ceart a rèir Practas Cunntasachd air a ghabhail ris gu Coitcheann san Rìoghachd Aonaichte; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Seilbheachd Carthannasan agus Urrasairean (Alba) 2005 agus Conn-riaghailtean 8 de Carthannasan gu Cunntasan (Alba) Conn-riaghailtean 2006 (air an atharrachadh) agus Òrdugh Ath-leasachadh Sheirbheisean Poblach (Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba) 2011.

## Bun-stèidh airson beachd

Tha sinn air a bhith air ar suidheachadh mar sgrùdaire fo earrann 44(1)(c) de Achd Seilbheachd Carthannasan agus Urrasairean (Alba) 2005 agus bidh sinn a' toirt aithris a rèir nan Conn-riaghailtean fon Achd sin.

Choilean sinn ar sgrùdadh a rèir nan Inbhean Eadar-nàiseanta air Sgrùdadh (UK) (ISAan (UK)) agus lagh iomchaidh. Tha ar n-uallachaidhean fo na h-inbhean sin air am mineachadh nas mionaidich ann an uallaichean an Sgrùdaire airson an sgrùdadh airson na h-earrainn den aithisg againn. Tha sinn neo-eisimeileach bhon charthannas a rèir nan riatanasan eitigeil a tha iomchaidh don sgrùdadh againn san RA, a' gabhail a-steach Inbhe Eitigeil FRC agus tha sinn air ar n-uallachaidhean eitigeil a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Tha sinn a' creidsinn gu bheil an fhianais eitigeil a tha sinn air fhaighinn gu leòr agus iomchaidh gus bun-stèidh a thoirt do ar beachd.

## Co-dhùnaidhean co-cheangailte ri gnothaich a tha a' dol

Chan eil càil againn ri aithris mu na cùisean a leanas mun feum sinne fo ISA (UK) aithris a thoirt dhuibh far:

- nach eil cleachdadh bhuill na Comhairle de bhun-stèidh gnothaich a tha a' dol a thaobh cunntasachd iomchaidh ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan; no
- nach eil buill na Comhairle air foillseachadh sna cunntasan mi-chinnteachd stuthach sam bith a dh'fhaodadh ceist a chur mu chomas a' charthannais leantainn air adhart a' cleachdadh na bun-stèidh gnothaich a tha a' dol a thaobh cunntasachd airson co-dhùidh dusan mìos bhon cheann-là air am bi na cunntasan air an ùghdarrachadh airson am foillseachadh.

## Fiosrachadh eile

Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach an fhiosrachadh a tha san Aithisg Bhliadhnail a thuilleadh air na cunntasan agus aithisg an sgrùdaire orra. Is e buill na Comhairle a tha an urra ris an fhiosrachadh eile. Chan eil ar n-beachd-ne air na cunntasan a' buntainn ris an fhiosrachadh eile agus, chan eil sinn a' toirt seachad co-dhùnadh mu chinnteachd na h-aithisg. Co-cheangailte ris an sgrùdadh againn air na cunntasan, is e ar dleastanas am fiosrachadh eile a leughadh agus, ann a bhith a' dèanamh sin, beachdachadh a bheil am fiosrachadh eile glè eadar-dhealaichte ris na cunntasan no ris an fhiosrachadh a fhuair sinne san sgrùdadh no a' coimhead ceàrr. Ma comharraicheas sinn a leithid de mhi-chòrdaileas no mhi-aithrisean, feumaidh sinn beachdachadh a bheil mi-chòrdaileas sna cunntasan no mi-aithris san fhiosrachadh eile. Ma thig sinn chun a' cho-dhùnaidh, stèidhichte air an obair a tha sinn air a dhèanamh, gu bheil mi-aithris san fhiosrachadh eile, feumaidh sinn sin innse.

Chan eil càil againn ri aithris mun seo.

## Cùisean air am feum sinn aithris a thoirt

Chan eil càil againn ri aithris mu na cùisean a leanas far am feum sinn fo Cunntasan Carthannasan (Alba) Conn-riaghailtean 2006 (mar air atharrachadh) fios a thoirt dhuibh, ma tha, nar beachd-ne:

- am fiosrachadh a tha air a thoirt sna cunntasan mi-chòrdail ann an dòigh susbainteach sam bith ri Aithisg Buill na Comhairle; no
- nach robh clàran cunntasachd ceart air an cumail; no
- nach eil na cunntasan ag aontachadh ris na clàran cunntasachd; no
- nach eil sinn air an fhiosrachadh is na mineachaidhean air fad fhaighinn a dh'fheumas sinn airson ar sgrùdadh.

## Uallachaidhean buill na Comhairle

Mar a chaidh a mhineachadh na bu mhionaidich san aithris mu uallachaidhean buill na Comhairle air an cur an cèill air taobh-duilleagan 26, tha buill na Comhairle an urra ri bhith ag ullachadh nan cunntasan agus airson a bhith riarachta gu bheil iad a' toirt sealladh fìor agus cothromach, agus airson smachd air an taobh a-staigh a





tha buill na Comhairle a' dearbhadh a tha riatanach ann a bhith ag ullachadh cunntasan a tha saor bho mhi-aithris susbainteach, ge bith an ann mar thoradh air foill no mearachd.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, tha buill na Comhairle an urra ri bhith a' measadh comas a' charthannais leantainn air adhart mar ghnòthaich a tha a' dol, ag innse, mar a bhios feum air, cùisean co-cheangailte ri gnòthach a tha a' dol agus a' cleachdadh bun-stèidh ghnòthach a tha a' dol mur eil buill na Comhairle an dàrna cuid am beachd an carthannas a dhitheachadh no guir a dh'obair, no mur eil roghainn eile aca ach sin a dhèanamh.

### **Uallachaidhean an sgrùdaire airson sgrùdadh nan cunntasan**

Is e ar n-amasan barantas reusanta fhaighinn mu bheil na cunntasan san fharsaingeachd saor bho mhi-aithris susbainteach, biodh sin mar thoradh air foill no mearachd, agus aithisg sgrùdaire fhoillseachadh a tha a' gabhail a-steach ar beachd. Tha barantas reusanta mar àrd-ìre de bharantas, ach chan e barantas a tha ann gun lorg sgrùdadh a tha air a dhèanamh a rèir ISAan (UK) an còmhnaidh mi-aithris susbainteach an uair a tha sin ann. Faodaidh mi-aithris a bhith ann mar thoradh air foill no mearachd agus bidh iad air am meas susbainteach, ma bhios iad leotha fhèin no gu h-iomlan, gu bhith a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean eaconamaigeach luchd-cleachdaidh a chaidh an dèanamh mar thoradh air na cunntasan sin. Gheibhear tuilleadh mineachaidh air ar n-uallachaidhean airson an sgrùdadh air làrach-lìn Comhairle Aithris Ionmhasail aig <http://www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities>. Tha am mineachadh seo mar phàirt de ar n-aithris sgrùdaidh.

### **A' cleachdadh ar n-aithisg**

Tha an aithisg seo air a dèanamh a-mhàin airson buill Comhairle a' charthannais, mar bhuidheann, a rèir earrann 44(1) (c) de Achd Bhuidhnean Carthannais agus Tasgadh Urrasachd (Alba) 2005, agus Conn-riaghailtean 10 de Chunntasan Carthannasan (Alba) Conn-riaghailtean 2006 (mar a chaidh an atharrachadh). Tha ar n-obair sgrùdaidh air a bhith air a dhèanamh gus am faod sinn innse do bhuill Comhairle a' charthannais na cùisean sin a dh'fheumas sinn innse dhaibh ann an aithisg sgrùdaire agus chan ann airson adhbhar sam bith eile. Chun na h-ìre as motha air a cheadachadh leis an lagh, chan eil sinn a' gabhail ris no a' gabhail oirnn uallach airson duine sam bith ach an carthannas agus buill na Comhairle mar bhuidheann, airson ar n-obair sgrùdaidh, airson na h-aithisg seo, no airson nam beachdan againn.

*RSM UK Audit LLP*

**RSM UK Audit LLP**  
**Sgrùdaire Reachdail**  
**Cunntasairean Clàraichte**  
**Treas Ùrlar, Centenary House**  
**69 Sràid Wellington**  
**Glaschu G2 6HG**

30 Sultain 2019  
 Tha RSM UK Audit LLP ceadichte a bhith mar sgrùdaire a rèir teirmean earrann 1212 de Achd Companaidhean 2006.

# Aithrisean Ionmhais

## Cunntas air Gnìomhan Ionmhasail airson na bliadhna a dhùin aig 31 Màrt 2019

|   | Nota | Neo-chuingichte<br>£'000 | Cuingichte<br>£'000 | 2019<br>Uile £'000 | Neo-Cuingichte<br>£'000 | Cuingichte<br>£'000 | Ath-aithris<br>2018 |
|---|------|--------------------------|---------------------|--------------------|-------------------------|---------------------|---------------------|
| <b>Teachd a-steach bho</b>              |      |                          |                     |                    |                         |                     |                     |
| Gnìomhan carthannais                    | 4    | 5,789                    | -                   | 5,789              | 5,674                   | -                   | 5,674               |
| Selbheachdan                            | 5    | 25                       | -                   | 25                 | 25                      | -                   | 25                  |
| Tabhartasan                             | 6    | -                        | 75                  | 75                 | -                       | -                   | -                   |
| <b>Uile</b>                             |      | <b>5,814</b>             | <b>75</b>           | <b>5,889</b>       | <b>5,699</b>            | <b>-</b>            | <b>5,699</b>        |
| <b>Caiteachas</b>                       |      |                          |                     |                    |                         |                     |                     |
| Gnìomhan carthannais                    | 7    | 5,975                    | 1                   | 5,976              | 5,682                   | 1                   | 5,683               |
| <b>Uile</b>                             |      | <b>5,975</b>             | <b>1</b>            | <b>5,976</b>       | <b>5,682</b>            | <b>1</b>            | <b>5,683</b>        |
| <b>Teachd a-steach/(Caiteachas) Lom</b> |      | <b>(161)</b>             | <b>74</b>           | <b>(87)</b>        | <b>17</b>               | <b>(1)</b>          | <b>16</b>           |
| <b>Buannachd/(call)aithnichte eile</b>  |      |                          |                     |                    |                         |                     |                     |
| Buannachd/(call) achdaire               | 15   | (995)                    | -                   | (995)              | 1,559                   | -                   | 1,559               |
| <b>Glusad lom ann am maoin</b>          |      | <b>(1,156)</b>           | <b>74</b>           | <b>(1,082)</b>     | <b>1,576</b>            | <b>(1)</b>          | <b>1,575</b>        |
| <b>Rèiteachd air maoin</b>              |      |                          |                     |                    |                         |                     |                     |
| Maoin air fad air a thoirt air adhart   | 16   | 3,880                    | 15                  | 3,895              | 2,304                   | 16                  | 2,320               |
| Maoin air fad air a thoirt air adhart   | 16   | 2,724                    | 89                  | 2,813              | 3,880                   | 15                  | 3,895               |

Cha robh buannachd no call aithnichte sam bith eile ann seach na feadhainn a chaidh an liostadh gu h-àrd agus an cosgais lom airson na bliadhna.

Tha an teachd-a-steach agus an caiteachas air fhaighinn bho na gnìomhan a tha a' leantainn. Faic nota 3 de na cunntasan airson tuilleadh fiosrachaidh mu ath-aithris àireamhan na bliadhna ron seo.

Tha na notaichean air taobh-duilleag 37 gu 47 mar phàirt de na cunntasan sin.




## Duilleag cothromachaidh mar aig 31 Màrt 2019

|  | Nota | 2019<br>£'000 | Ath aithris 2018<br>£'000 |
|--|------|---------------|---------------------------|
| <b>So-mhaoin shuidhichte</b>                                 |      |               |                           |
| So-mhaoin do-bheantainn                                      | 9    | 194           | -                         |
| So-mhaoin beanailteach                                       | 10   | 3,024         | 3,210                     |
| <b>So-mhaoin shuidhichte air fad</b>                         |      | <b>3,218</b>  | <b>3,210</b>              |
| <b>So-mhaoin làithreach</b>                                  |      |               |                           |
| Luchd-fiach  | 11   | 185           | 160                       |
| Airgead sa bhanca agus ri làimh                              | 12   | 4,317         | 3,770                     |
| <b>So-mhaoin làithreach air fad</b>                          |      | <b>4,502</b>  | <b>3,930</b>              |
| <b>Do-mhaoin làithreach</b>                                  |      |               |                           |
| Luchd-creideis: Airgead ri fhaighinn taobh a-staigh bliadhna | 13   | (327)         | (379)                     |
| <b>So-mhaoin làithreach lom</b>                              |      | <b>4,175</b>  | <b>3,551</b>              |
| <b>So-mhaoin às aonais do-mhaoin làithreach</b>              |      | <b>7,393</b>  | <b>6,761</b>              |
| Solaran  | 14   | (261)         | (225)                     |
| Buannachd Socraichte Buailteachd do Pheinnsean               | 15   | (4,319)       | (2,641)                   |
| <b>So-mhaoin lom</b>   |      | <b>2,813</b>  | <b>3,895</b>              |
| <b>Maoin a' Charthannais</b>                                 |      |               |                           |
| <b>Maoin teachd-a-steach cuingichte</b>                      | 16   | <b>89</b>     | <b>15</b>                 |
| Maoin neo-chuingichte  | 16   | 5,702         | 5,158                     |
| Cùl-stòr ath-luachaichte                                     | 16   | 1,341         | 1,363                     |
| <b>Maoin neo-chuingichte às aonais cùl-stòr</b>              |      | <b>7,043</b>  | <b>6,521</b>              |
| Cùl-stòr buannachd socraichte peinnsein                      | 16   | (4,319)       | (2,641)                   |
| <b>Maoin neo-chuingichte air fad</b>                         |      | <b>2,724</b>  | <b>3,880</b>              |
| <b>Maoin air fad</b>   |      | <b>2,813</b>  | <b>3,895</b>              |

Cunntasan Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, Carthannas Clàraichte àireamh SC006187, a chaidh an aontachadh le Urrasairean na Comhairle agus air an ùghdarrachadh airson an toirt seachad air 25 Sultain 2019.

Chaidh an soighneadh as a leth le



**David Innes**

Neach-gairm Comataidh na Comhairle



**Ian Jackson**

Neach-gairm Comataidh an Ionmhais is Seirbheisean Corporra

Tha na notaichean air taobh-duilleag 37 gu 47 mar phàirt de na cunntasan sin.

## Aithris mu Shruthan Airgid airson na bliadhna a dhùin air 31 Màrt 2019

|   | Nota | 2019<br>£'000 | Ath-aithris 2018<br>£'000 |
|---|------|---------------|---------------------------|
| <b>Sruthan Airgid bho ghniomhan obrach</b>                                  |      |               |                           |
| Airgead lom a-steach bho ghniomhan obrach                                   | 24   | 662           | 692                       |
| <b>Sruthan Airgid bho ghniomhan seilbhe</b>                                 |      |               |                           |
| Riadh air fhaotainn   |      | 25            | 16                        |
| Ceannach so-mhaoin shuidhichte  |      | (214)         | (146)                     |
| <b>Airgead lom air a chleachdadh ann an gnìomhan</b>                        |      | <b>(189)</b>  | <b>(130)</b>              |
| <b>Sruthan airgid bho ghniomhan ionmhachasaidh</b>                          |      |               |                           |
| Maoin dileab SCEL   |      | 75            | -                         |
| Duais George D Gray CBE MA  |      | (1)           | (1)                       |
| <b>Teachd-a-steach bho ghniomhan ionmhachasaidh</b>                         |      | <b>74</b>     | <b>(1)</b>                |
| <b>Atharrachadh ann an airgead agus co-ionann ri airgead san àm aithris</b> |      | <b>547</b>    | <b>561</b>                |
| Airgead agus co-ionann ri airgead aig 1 Giblean                             |      | 3,770         | 3,209                     |
| <b>Airgead agus co-ionann ri airgead aig 31 Màrt</b>                        |      | <b>4,317</b>  | <b>3,770</b>              |

Tha na notaichean air taobh-duilleag 37 gu 47 mar phàirt de na cunntasan sin.



# Notaichean ri na cunntasan

## Airson na bliadhna a dhùin air 31 Màrt 2019

### 1. Poileasaidhean Cunntasachd

#### Bun-stèidh an Ullachaidh

Is e carthannas neo-chorpaichte a tha ann an Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTC Alba) clàraichte le Oifis Rìaghlaidhe Carthannais Alba (OSCR) fo àireamh carthannais SC006187. Tha fiosrachadh mun phrìomh sheòladh ri fhaighinn air td 28 de na cunntasan seo.

Is e amas GTC Alba am proifeisean teagaisg ann an Alba adhartachadh agus a riaghailteachadh. Le sin, tha an carthannas a rèir a' mhìneachaidh de bhuidheann a tha airson buannachd a' phobaill fo FRS 102. Gun chrioch a chur air an fhiosrachadh a tha air a thoirt, tha na cunntasan a' coinneachadh ris na riatanasan Cunntasan Carthannais (Alba) Conn-riaghailtean 2006 (air an atharrachadh) agus an Seilbheachd Charthannasan agus Urrasairean (Alba) 2005 agus air an ullachadh fo Inbhe Aithris Ionmhasail (FRS) 102, an inbhe aithris ionmhasail a tha iomchaidh san RA agus Èirinn, agus Aithris nan Carthannasan de Phractas air a Mholadh (SORP) FRS 102.

Tha iad air an ullachadh fon chleachdadh cosgais eachdraidheil air a leasachadh gus a bhith a' gabhail a-steach ath-luachadh den t-so-mhaoin shuidhichte làimhseachail.

Is e am punnd Sasannach a tha air a chleachdadh ann a bhith a' taisbeanadh nan cunntasan. Tha na sùimean air an toirt chun £1,000 as fhaisege mur eil ni sam bith eile air aithris.

#### Cùis a tha a' Dol

Tha GTC Alba air measadh a dhèanamh air àm de 12 mìos bho cheann-là aontachaidh nan cunntasan agus dhan bheachd nach robh mi-chinnt susbainteach sam bith ann a tha a' cur teagamh ann an comas a' charthannais leantainn air adhart mar chùis a tha a' dol.

Tha stòrasan airgid aig a' charthannas agus cearcall planaidh airson an ama ri teachd de thri bliadhna a tha làidir gus fios a thoirt air call a dh'fhaodadh a bhith ann nach gabhadh a riaghladh. Tron chis clàradh thidseir tha tús airgid seasmhach aig GTC Alba airson an ama ri teachd. A thuilleadh air sin, bidh an Sgioba Rianachd Chorporra a' lèirmheas clàr riosgan GTC Alba gu riaghailteach. Tha na h-Urrasairean mar sin dhan bheachd gu bheil e iomchaidh a bhith ag ullachadh nan cunntasan sin air bhun-stèidh chùis a tha a' dol.

#### Aithneachadh Teachd-a-steach

Tha an teachd-a-steach air fad air a ghabhail a-steach anns an Aithris air Gniomhan Ionmhasail an uair a tha làn chòir aig GTC Alba air an teachd-a-steach, tha coltas ann gum faighear e, agus is urrainn dhan t-sùim a bhith air a mheas le mionaideachd reusanta. Is e prìomh thùs an ionmhais na cisean a tha a' tighinn a-steach bho chlàradh thidsear a tha air a ghabhail a-steach thar àm a' chlàraidh, 1 Giblean gu 31 Màrt. Tha cisean a tha air am pàigheadh ro làimh air an cur an dàil chun ama cunntasachd dham buin iad.

Bidh GTC Alba a' faighinn maoin eachdadh bho Rìaghaltas na h-Alba agus buidhnean treas phàrtaidh eile bhon taobh a-muigh gus maoin chur ri piosan obrach sònraichte leithid an Sgeama Suidheachadh Oileanach (SPS) agus MyPL. Tha maoin bhon taobh a-muigh air a mheas mar theachd-a-steach agus air a chur ris an Aithris air Gniomhan Ionmhasail san àm anns a bheil làn-chòir aig GTC Alba an teachd-a-steach aithneachadh. Bidh teachd-a-steach eile a' gabhail a-steach fo-fhastaidhean a-mach, riadh air seilbhean agus teachd-a-steach bho shanasachd san iris Teaching Scotland. Tha an teachd-a-steach eile air a ghabhail air bhun-stèidh tàrmaichte.

#### Aithneachadh Caiteachas

Tha a' chosgais air fad air gabhail ris air bhun-stèidh tàrmaichte agus tha e air a bhith air a sheòrsachadh fo chinn a tha a' gabhail a-steach nan cosgaisean air fad a rèir an seòrsa. Far nach urrainn do chosgaisean a bhith air an cur fo cheann sònraichte tha iad air a bhith air an cur a rèir ghnìomhan air bhun-stèidh co-cheangailte ris an dòigh sam bi na stòrasan air an cleachdadh.

Is iad cosgaisean taic, na cosgaisean sin a tha a' tighinn gu dìreach gus taic a thoirt do chaiteachas air bhun-stèidh a' charthannais agus a tha a' gabhail a-steach rianachd phròiseict a tha air a dhèanamh sna Prìomh Oifisean. Is iad cosgaisean rianachd agus clèireachd na feadhainn a tha ag èirigh mar thoradh air obair clèireachd na buidhne agus gèilleadh ri riatanasan bun-reachdail agus reachdail. Is iad na cosgaisean riaghlachais an fheadhainn a bhios an lùib a bhith a' cumail taghadh Comhairle, cosgaisean buill Comhairle a bhith a' frithealadh choinneamhan comataidh agus eile agus cosgaisean sheirbheisean proifeiseanta mar sgrùdadh on taobh a-muigh.

#### VAT nach urrainnear fhaighinn air ais

Tha VAT nach urrainnear fhaighinn air ais air a ghabhail a-steach an lùib an nì ris a bheil e a' beantainn agus tha e air a chur ris an Aithris air Gniomhan Ionmhasail no air fhaicinn mar phàirt de chosgais an t-so-mhaoin co-cheangailte.

#### Cis Corporaid

Is e carthannas clàraichte a tha ann an GTC Alba agus chan eil do-mhaoin a thaobh cis corporaid air a ghnìomhan carthannais fon Achd Cis Corporaid 2010 (caibidealan 2 agus 3 de phàirt ii) no earrann 256 den Achd Ciseachadh airson Buannachd Tàille 1992, chun na h-ìre a tha barrachas sam bith air a chur ri adhbharan carthannais.

**So-mhaoin shuidhichte do-bheantainn**

Caiteachas air so-mhaoin neo-bheantainn shuidhichte, a tha a' gabhail a-steach ceannach ceadan bathar-bog coimpiutair, cosgaisean bathar-bog agus làrach-lìn, aig a bheil stairsneach calpachaidh de £1,000.

Tha GTC Alba ag aithneachadh so-mhaoin shuidhichte do-bheantainn an uair a tha e coltach gun toir an t-so-mhaoin buannachdan eaconamach san àm ri teachd agus far an urrainn na cosgaisean a bhith air an tomhas gu earbsach. Tha so-mhaoin shuidhichte do-bheantainn air an luachadh an toiseach a rèir na chosgais iad agus tha an luach-crìonaidh air a mheas thar am beatha air bun-stèidh fa leth nach eil nas fhaide na 3 bliadhna. Tha Luach-crìonaidh so-mhaoin neo-làimhseachail air a chur ri Caiteachas air Gniomhan Carthannais san Aithris air Gniomhan Ionmhasail.

**So-mhaoin shuidhichte so-bheantainn**

Chan eil caiteachas air a chalpachadh ach an uair a tha an so-mhaoin a fhuaras air cosg còrr air £1,000. An uair a thèid aithneachadh air tùs, tha so-mhaoin làimhseachail shuidhichte air an tomhais a rèir an cosgais a' gabhail a-steach cosgaisean sam bith a tha gu dìreach co-cheangailte ri bhith gan toirt gu bhith ann an suidheachadh obrach. Tha an t-so-mhaoin shuidhichte air fad air an lèirmheas gach bliadhna airson càil sam bith a tha ceàrr orra agus tha sin air a choileanadh a rèir a cosgais is tha cosgais càraidh air a thoirt air falbh. Tha Cuid-seilbhe Oighreachdail air innse aig an ath-luachadh làithreach às aonais dimeas stèidhichte air a' phoileasaidh luachaidh mu bheil nota gu h-ìosal. Tha so-mhaoin eile air innse aig a' chosgais, gun isleachadh agus ullachadh sam bith airson cosgais càraidh.

**Cuid-seilbhe Oighreachdail**

Bithear a' dèanamh làn luachadh air cuid-seilbhe oighreachail a h-uile còig bliadhna. Chaidh an làn luachadh mu dheireadh a dhèanamh air Taigh Clerwood air 31 Màrt 2016 an uair a chaidh a luachadh air a' mhargaidh fhosgailte airson a chleachdadh mar a tha an-dràsta. Tha seo air a ghabhail a-steach sna cunntasan aig an t-sùim luachaidh às aonais dimeasaidh càrnaichte on chaidh

an ath-luachadh a dhèanamh.

**Dimeas**

Tha dimeasadh air a dhèanamh air so-mhaoin shuidhichte làimhseachail air bun-stèidh loidhne-dhireach aig reataichean a bhios gu leòr gus an cosgais a sgrìobhadh sìos, às aonais luach iarmadach, thar am beatha iarmadach cleachdaidh feumail. Is iad na h-ùinean dimeasaidh airson gach seòrsa:

|                            |                    |
|----------------------------|--------------------|
| <b>Toglaichean</b>         | <b>50 bliadhna</b> |
| <b>Àirneis Oifis</b>       | <b>5 bliadhna</b>  |
| <b>Uidheam Coimpiutair</b> | <b>3 bliadhna</b>  |

Chan eil so-mhaoin a thathas a' togail air a dhimeasadh gus a bheil an t-so-mhaoin air a chleachdadh.

**Airgead làimhe agus co-ionann ri airgead**

Tha airgead làimh agus co-ionann ri airgead san Duilleag Cothromachaidh a' gabhail a-steach cothroman air tasgadh gearr-ùine agus airgead sa bhanca is airgead làimh.

**Còirichean**

Tha gabhaltasan GTC Alba far nach eil na riosgan agus buannachdan seilbhe an t-so-mhaoin air a dhol gu GTC Alba, air am measadh mar ghabhaltasan a tha ag obair. Tha na màil a tha air an cur san Aithris air Gniomhan Ionmhasail air bun-stèidh loidhne-dhìrich thar teirm a' ghabhaltais. Chan eil so-mhaoin sam bith air an cumail air gabhaltas maoineachais.

**Ullachaidhean**

Tha ullachaidhean air an aithneachadh an uair a tha dleastanas làithreach (laghail no adhartach) aig GTC Alba mar thoradh air tachartas a bha ann, tha e coltach gum faodadh feum a bhith ann air stòrasan gus an dleastanas a choileanadh agus tuairmse earbsach a bhith air a dhèanamh de shùim an dleastanais.

**Ullachadh Peinnsein**

Feumaidh GTC Alba coinneachadh ris na cosgaisean a bharrachd a thaobh sochairean os cionn nan sochairean an cois luchd-obrach a tha a' leigeil dhiubh an dreuchd tràth. Bidh GTC Alba a' toirt taic shlàn do na cosgaisean sin an uair a tha cluaineas tràth air aontachadh. Bidh solar co-cheangailte ri peinnsein le lasachadh prise far a bheil e iomchaidh, a' cleachdadh an reata lasachaidh

air a chomhairleachadh le Hymans Robertson. Far a bheil lasachadh prise air a chleachdadh, bidh iomchar an t-solair a' meudachadh gach bliadhna gus a bhith a' soilleireachadh mar a tha tide a' dol seachad. Tha an t-atharrachadh seo air aithneachadh mar chosgais agus air a ghabhail a-steach san Aithris air Gniomhan Ionmhasail.

**Ionnsramaidean Ionmhasail**

Tha na so-mhaoinean agus do-mhaoinean ionmhasail a tha air an cumail le GTC Alba air an teisteanachadh mar bun-ionnsramaidean ionmhasail mar a tha air a mhineachadh ann an Earrann 11 de FRS 102. Tha bun-ionnsramaidean ionmhasail, mar luchd-fiach malairt, airgead làimh agus co-ionann ri airgead, agus luchd-creideis malairt, aig tùs air an aithneachadh a rèir luach an tar-ghnìomh agus an dèidh sin air am meas a rèir an luach aig àm rèite. Tha an luchd-fiach agus luchd-creideis a rèir nan cothroman a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais. Tha airgead air a chumail mar airgead tasgaidh gearr-ùine le bancaichean le deagh chliù agus chan eil riosg mòr sam bith ann a thaobh luach-rèidh. Leis gu bheil prìomh theachd-a-steach GTC Alba bho chisean clàraidh thidsearan chan eil an carthannas buailteach do lionntachd mòr sam bith no riosg creideis.

Tha so-mhaoinean ionmhasail air an di-aithneachadh an uair a tha na còraichean cùmhnantail do na sruthan airgid bhon t-so-mhaoin a' tighinn gu ceann, no an uair a tha an carthannas air na riosgan agus na duaisean seilbh a thar-aiseig gu mòr. Tha do-mhaoinean ionmhasail air an di-aithneachadh a-mhàin an uair a tha an do-mhaoin air a chur à bith an uair a tha an dleastanas air a choileanadh, air a dhubhadh às no air a thighinn gu ceann.

**Luchd-fiach**

Tha luchd-fiach malairt air an aithneachadh aig an t-sùim neo-lasachaidh do dh'airgead a tha ri fhaighinn, mar as trice sùim an eàrlais, às aonais cuibhreann airson fiachan mu bheillear mì-chinnteach. Tha ro-phàighidhean air an luachadh aig an t-sùim ro-phàighite às aonais lasachadh malairt sam bith.

**Luchd-creideis**

Tha luchd-creideis air an aithneachadh mar chaiteachas cho luath 's a tha



dleastanas laghail no cuideachail ann a' toirt air a' charthannas a bhith gabhail ris a' chaiteachas. Tha luchd-creideis air an aithneachadh aig an sùim rèite an dèidh dèiligeadh ri lasachadh malairt sam bith.

### Cunntasachd Maoin

Tha maoin gun chuing ri fhaotainn airson a chosg air gnìomhan a tha a' cur air adhart adhbharan sam bith a tha an lùib a' charthannais. Feumaidh maoin cuingichte a bhith air a chleachdadh a rèir rùintean an neach-tabhairt no an deònadair. Tron bhliadhna thàinig e mar dhleastanas air GTC Alba a bhith mar àidseant air maoin dileab SCEL. Mar àidseant, chan eil ùghdarras sam bith aig urrasairean GTC Alba mun dòigh sam bi am maoin dileab air a chleachdadh. Chan urrainn dha GTC Alba ach a bhith ag obair a rèir stiùiridhean prionnsabal a' mhaoin.

### Cùl-stòr Ath-luachaidh

Tha an cùl-stòr ath-luachaidh a' clàradh atharrachaidhean ann an luach cuid-seilbhe air fhaighinn mar oighreachd. Tha dimeasadh air a chur ris an Aithris air Gnìomhan Ionmhasail mun t-sùim ath-luachaichte den chuid-seilbhe air fhaighinn mar oighreachd. Tha eileamaid den dimeasadh ag èirigh bhon mheudachadh ann an luachadh agus tha e thar an lùghdachaidh a dheigheadh a chur ri cosgais eachdraidheil an t-so-mhaoin. Is e an t-sùim a tha co-cheangailte ris an anabhàrr seo a' bhuanachd a tha air a thighinn ri linn ath-luachadh agus tha e air atharrachadh bhon chùl-stòr ath-luachaidh gu maoin neo-chuingichte. Tha an cùl-stòr ath-luachaidh na mhaoin nach eil a' faighinn taic bho airgead-làimhe agus nach eil ri fhaotainn airson a chleachdadh.

### Pàigheadhean Cricnachaidh

Tha a bhith a' cricnachadh cùmhnant obrach neach air fhadhadh le GTC Alba, agus pàigheadh sam bith co-cheangailte ri sin, air am meas cuis air chùis. Tha pàigheadh an àite brath air a chumail a rèir uallachaidhean cùmhnantail.

### Cosgaisean Peinnsein

Tha gach neach-obrach a tha airidh comasach air ballrachd Maoin Peinnsein Srath Chluaidh (SPF) fhaighinn, sgeama sochair sònraichte air a riaghladh le Comhairle Baile Ghlaschu. Tha luchd-obrach a tha a-cheana nam buill de

Sgeama Peinnseinachaidh Thidsearan na h-Alba (STSS) comasach am ballrachd den sgeama sin a chumail. Tha tabhartasan luchd-fastaidh don STSS air an cur ris an Aithris de Ghnìomhan Ionmhasail mar a bhios iad rim pàigheadh. Tha tabhartasan luchd-fastaidh don SPF stèidhichte air moladh bho achdair an sgeama. Tha cosgaisean làithreach agus bhon àm a chaidh seachad air an cur ris an Aithris air Gnìomhan Ionmhasail gus a' chosgais a thathar a' sùileachadh ann a bhith a' tabhann pheinnsean a sgaoidhadh thairis air àm seirbheis an luchd-fastaidh le GTC Alba.

## 2. Tuairmsean agus Breithneachaidhean Cudromach Cunntasachd

Ann a bhith a' cur an sàs poileasaidhean cunntasachd a' charthannais, a tha air am mineachadh ann an nota 1, feumaidh na h-Urrasairean a thighinn gu breithneachaidhean, tuairmsean agus beachdan mu luach-giùlain nan so-mhaoinean agus do-mhaoinean nach eil furasta fhaicinn bho thùsan eile. Tha na tuairmsean agus na beachdan co-cheangailte stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus factaran eile a thathar a' meas iomchaidh. Dh'fhaodadh na toraidhean a bhith eadar-dhealaichte bho na tuairmsean sin. Tha na tuairmsean agus na beachdan air a bheil iad stèidhichte air an lèirmheas air stèidh leantainneach. Tha ath-leasachaidhean air na tuairmsean cunntasachd air an aithneachadh san àm sa bheil an tuairmse air ath-leasachadh mas e

direach an t-àm sin air a bheil an ath-leasachadh a' toirt buaidh, no ann an àm an ath-leasachaidh agus an t-àm ri teachd ma tha an ath-leasachadh a' toirt buaidh air an àm làithreach agus air an àm ri teachd. Tha an do-mhaoinean peinnsein a tha air a ghabhail a-steach annta a' gabhail a-steach buaidh breithneachadh McCloud. Chan eil na h-Urrasairean dhan bheachd gu bheil breithneachaidhean deatamach no tùsan barail neo-chinnt feumach air fhoillseachadh taobh a-muigh nam poileasaidhean cunntasachd a tha air an liostadh gu h-àrd.

## 3. Ath-aithris air Àireamhan Coimeasach

Chan eil FRS 102 a' ceadachadh a bhith a' toirt air falbh bho theachd-a-steach agus caiteachas. Mar sin tha na h-àireamhan co-mheasail san Aithris air Gnìomhan Ionmhasail air a bhith air an ath-aithris gus àrdachadh an teachd-a-steach agus caiteachas a chaidh a chlàradh ron seo às aonais teachd-a-steach bho shanasachd. Chan eil buaidh sam bith air a' chaiteachas lom a tha air aithris san Aithris air Gnìomhan Ionmhasail.

Tha àireamhan coimeasach san Duilleag Cothromachaidh air a bhith air an ath-aithris gus an cothromachadh co-cheangailte ri Duais George D Gray CBE MA a ghluasad bho Chreideasairean gu Stòrasan Cuingichte taobh a-staigh maoin a' charthannais leis nach urrainnear am maoin a chleachdadh ach airson adhbhar sònraichte. Tha seo air a' mhaoin air fad a mheudachadh £15,000. Chan eil buaidh sam bith aige air an Aithris air Gnìomhan Ionmhasail.

|   | Air aithris<br>2018<br>£'000 | Gluasad<br>£'000 | Ath-aithris<br>2018<br>£'000 |
|---|------------------------------|------------------|------------------------------|
| <b>Aithris air Gnìomhan Ionmhasail</b>                        |                              |                  |                              |
| Teachd-a-steach bho gnìomhan                                  | 5,599                        | 75               | 5,674                        |
| Teachd-a-steach bho sheilbheachd                              | 25                           | -                | 25                           |
| <b>Uile</b>   | <b>5,624</b>                 | <b>75</b>        | <b>5,699</b>                 |
| Caiteachas air gnìomhan carthannais                           | 5,607                        | 75               | 5,682                        |
| Teachd-a-steach lom   | 17                           | -                | 17                           |
| <b>Cunntas cothromachaidh</b>                                 |                              |                  |                              |
| Luchd-creideis: Sùimean rim pàigheadh taobh a-staigh bliadhna | (394)                        | 15               | (379)                        |
| <b>So-mhaoinean lom</b>                                       | <b>3,880</b>                 | <b>15</b>        | <b>3,895</b>                 |
| Maoin teachd-a-steach cuingichte                              | -                            | 15               | 15                           |
| <b>Maoin air fad</b>  | <b>3,880</b>                 | <b>15</b>        | <b>3,895</b>                 |

## 4. Teachd-a-steach bho Ghnìomhan Carthannais

|   | 2019<br>£'000 | Ath-aithris 2018<br>£'000 |
|---|---------------|---------------------------|
| Clàradh chisean                             | 4,998         | 4,877                     |
| Caiteachas air ath-chur air treas phàrtaidh | 436           | 398                       |
| Maoin on taobh a-muigh                      | 136           | 201                       |
| Cisean dìon buidhnean so-leonta (PVG)       | 133           | 113                       |
| Sanasachd agus sponsaireachd                | 85            | 75                        |
| Teachd-a-steach eile                        | 1             | 10                        |
| <b>Uile</b>                                 | <b>5,789</b>  | <b>5,674</b>              |

## 5. Teachd-a-steach bho

|                          | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|--------------------------|---------------|---------------|
| Riadh tasgadh gearr-ùine | 25            | 25            |

## 6. Teachd-a-steach bho Thabhartasan

|                   | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|-------------------|---------------|---------------|
| Maoin Dileab SCEL | 75            | -             |

## 7. Caiteachas Gnìomhan Carthannais

|   | 2019<br>£'000 | Ath-aithris 2018<br>£'000 |
|---|---------------|---------------------------|
| Cosgaisean luchd-obrach                       | 3,504         | 3,064                     |
| Cosgais sochair sònraichte riadh do-mhaoin    | 80            | 102                       |
| Rianachd                                      | 807           | 695                       |
| Seirbheisean oifis agus proifeiseanta         | 725           | 823                       |
| Cuid-seilbhe agus tèarainteachd               | 348           | 479                       |
| Dimeasadh agus luach-chrionaidh               | 224           | 253                       |
| Foillseachadh agus cisean eile                | 139           | 117                       |
|   | <b>5,827</b>  | <b>5,533</b>              |
| Riaghlachas – Cosgaisean Coitcheann           |               |                           |
| Dioladh Comhairle, Comataidh agus Ball Panail | 66            | 62                        |
| Siubhal agus cosgaisean teachd-an-tir         | 45            | 49                        |
| Aite-fuirich agus biadh                       | 21            | 19                        |
| Pàigheadh neach-sgrùdaidh                     | 17            | 12                        |
| Cosgaisean taghaidh                           | -             | 8                         |
| <b>Cosgaisean riaghlaidh</b>                  | <b>149</b>    | <b>150</b>                |
| <b>Uile</b>                                   | <b>5,976</b>  | <b>5,683</b>              |

Tha na cosgaisean rianachd a' gabhail a-steach £1,000 (2017-18: £1,000) de dh'ionmhas Caiteachas cuingichte.

Tha Poileasaidh Cosgaisean Bhall agus Sgeama Diolaidh GTCS nan àite airson buill na Comhairle, na Comataidh agus a' Phanail. Mar phàirt den Sgeama Diolaidh tha aonta eadar GTC Alba agus Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA) agus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tidsearan clàraichte a tha nam Buill Comhairle agus Panail a tha ag obair ann an ùghdarras ionadail a bhith a' com-pàirteachadh ann an coinneamhan Comhairle, Comataidh no Panail no tachartasan ionnsachaidh proifeiseanta.

Tha siubhal agus cosgaisean teachd-an-tir a' riochdachadh nan làn chosgaisean a tha a' tighinn air Buill na Comhairle, na Comataidh agus a' Phanail ann a bhith a' frithealadh choinneamhan. Rè na bliadhna chuir 30 ball (2017-18: 26 ball) a-steach iarrtas airson siubhal agus teachd-an-tir.



## 8. Cosgaisean luchd-obrach

|  | 2019<br>£'000 | Ath-aithris 2018<br>£'000 |
|--|---------------|---------------------------|
| Pàigheadh agus tuarastalan               | 2,170         | 2,010                     |
| Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta      | 213           | 204                       |
| Tabhartasan peinnein luchd-fastaidh      | 376           | 366                       |
| <b>Cosgaisean tuarastal luchd-obrach</b> | <b>2,759</b>  | <b>2,580</b>              |
| Glusad peinnein air tachairt             | 603           | 330                       |
| Luchd-obrach gearr-ùine                  | 142           | 154                       |
| <b>Cosgaisean luchd-obrach air fad</b>   | <b>3,504</b>  | <b>3,064</b>              |

Is e an àireamh chuibheasach de dhaoine a bha ag obair aig GTC Alba tron bhliadhna 66 (2017-18: 62), agus bha 16 pàirt-ùine (2017-18: 16). Tron bhliadhna bha gu cuibheasach mu 60 luchd-obrach co-ionann ri làn-ùine ann (2017-18: 56).

Bha Prìomh Luchd-obrach Rianachd a' gabhail a-steach buill de Chomhairle GTC Alba agus a Sgioba Rianachd Corporra (faic fiosrachadh reifreans agus rianachd air duilleagan 30).

Cha d' fhuair ball sam bith den Chomhairle pàigheadh bho GTC Alba sa bhliadhna a dhùin 31 Màrt 2019 (2017-18: neoni). B' e an sùim air fad a chaidh a phàigheadh do luchd-obrach agus na sochairean a chaidh a phàigheadh don Sgioba Rianachd Chorporra sa bhliadhna £361,803 (2017-18: £503,861). Tha adhartas tuarastal an Sgioba Rianachd Chorporra le ùmhlachd do leirmheas gnìomhachadh bliadhna.

### Pàigheadh an Àrd Oifigeir

|                                     | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|-------------------------------------|---------------|---------------|
| <b>Tuarastal</b>                    | 105           | 99            |
| Tabhartasan peinnein neach-fastaidh | 20            | 19            |
| <b>Am pàigheadh air fad</b>         | <b>125</b>    | <b>118</b>    |

### Luchd-obrach a' faighinn sochairean, gun a bhith a' cunntadh cosgaisean peinnein, de chòrr air £60,000

|                | 2019 Àireamh | 2018 Àireamh |
|----------------|--------------|--------------|
| <b>Bann</b>    |              |              |
| £60k-£69k      | -            | -            |
| £70k-£79k      | 2            | 3            |
| £80k-£89k      | -            | -            |
| £90k-£99k      | -            | 1            |
| £100k-£109k    | 1            | -            |
| <b>Air fad</b> | <b>3</b>     | <b>4</b>     |

Fhuair trì ùir luchd-obrach air tuarastal àrd, sochairean cluaineis tàrmaichte fo sgeama sochair socraichte (2017-18: 5).

Leig Stiùiriche dheth a dhreuchd bho 16 Gearran 2018 agus fhuair e pàigheadh an àite fios fàgail obrach a thoirt co-ionann ri tuarastal 6 mìosan a rèir dleastanasan cunradail. Chaidh pàigheadh crìochnachaidh de £5,000 a thoirt don aon Stiùiriche. Bha seo a' ciallachadh gun deach tuarastal bliadhnail agus pàigheadh an àite fios crìochnachaidh a thoirt eadar £110,000 - £119,999 airson an neach-obrach seo.

## 9. So-mhaoin neo-làimhseachail

|  | Bathar-bog<br>£'000 | Làrach-lìn<br>£'000 | Air fad<br>£'000 |
|--|---------------------|---------------------|------------------|
| <b>Cosgais</b>   |                     |                     |                  |
| Mar aig 1 Giblean 2018                                 |                     |                     |                  |
| Ath-sheòrsachadh bho so-mhaoin làimhseachail (nota 10) | 17                  | 703                 | 720              |
| Cur-ris  | 42                  | 98                  | 140              |
| Cur-às   | (4)                 | (6)                 | (10)             |
| <b>Mar aig 31 Màrt 2019</b>                            | <b>55</b>           | <b>795</b>          | <b>850</b>       |
| <b>Dimeas</b>  |                     |                     |                  |
| Aig 1 Giblean 2018                                     |                     |                     |                  |
| Ath-sheòrsachadh bho so-mhaoin làimhseachail (nota 10) | 17                  | 552                 | 569              |
| Cosgais airson na bliadhna                             | -                   | 97                  | 97               |
| Cur-às   | (4)                 | (6)                 | (10)             |
| <b>Mar aig 31 Màrt 2019</b>                            | <b>13</b>           | <b>643</b>          | <b>656</b>       |
| <b>Luach Leabhar Lom</b>                               |                     |                     |                  |
| <b>Mar aig 31 Màrt 2019</b>                            | <b>42</b>           | <b>152</b>          | <b>194</b>       |
| Mar aig 31 Màrt 2018                                   | -                   | -                   | -                |

Tha so-mhaoin bathar-bog agus làrach-lìn air a bhith air an ath-sheòrsachadh bho sho-mhaoin shuidhichte làimhseachail gu neo-làimhseachail tron bhliadhna. Bha Cothroman co-cheangailte ri bathar-bog ron seo air am foillseachadh san roinn-seorsa Àirneis Oifis agus Uidheam Coimpiutair de sho-mhaoin shuidhichte. Bha cothroman co-cheangailte ris an làrach-lìn ann an roinn-sheòrsa dhaibh fèin.

## 10. So-mhaoin làimhseachail

|   | Cuid-seilbhe<br>Oighreachdail<br>£'000 | Àirneis<br>Oifis<br>Uidheam<br>Coimpiutair<br>£'000 | Làrach-lìn<br>£'000 | Àirneis &<br>Uidheam Oifis<br>£'000 | Uidheam<br>Coimpiutair<br>£'000 | Air fad<br>£'000 |
|---|--|---|---------------------|-------------------------------------|---------------------------------|------------------|
| <b>Cosgais</b>  |  |   |                     |                                     |                                 |                  |
| Aig 1 Giblean 2018  | 3,318                                  | 395   | 676                 | -                                   | -                               | 4,389            |
| Ath-sheòrsachadh  | -                                      | (351)   | -                   | 67                                  | 284                             | -                |
| Ath-sheòrsachadh bho so-mhaoin neo-làimhseachail (nota 9) | -                                      | (44)  | (676)               | -                                   | -                               | (720)            |
| Cur-ris   | 39                                     | -   | -                   | 53                                  | -                               | 92               |
| Cur-às  | -                                      | -   | -                   | (7)                                 | (86)                            | (93)             |
| <b>Mar aig 31 Màrt 2019</b>                               | <b>3,357</b>                           | <b>-</b>  | <b>-</b>            | <b>113</b>                          | <b>198</b>                      | <b>3,668</b>     |
| <b>Dimeasadh</b>  |  |   |                     |                                     |                                 |                  |
| Aig 1 Giblean 2018  | 347                                    | 280   | 552                 | -                                   | -                               | 1,179            |
| Ath-sheòrsachadh  | -                                      | (263)   | -                   | 39                                  | 224                             | -                |
| Ath-sheòrsachadh bho so-mhaoin neo-làimhseachail (nota 9) | -                                      | (17)  | (552)               | -                                   | -                               | (569)            |
| Cosgais airson na bliadhna                                | 67                                     | -   | -                   | 17                                  | 43                              | 127              |
| Cur-às  | -                                      | -   | -                   | (7)                                 | (86)                            | (93)             |
| <b>Mar aig 31 Màrt 2019</b>                               | <b>414</b>                             | <b>-</b>  | <b>-</b>            | <b>49</b>                           | <b>181</b>                      | <b>644</b>       |
| <b>Luach Leabhar Lom</b>                                  |  |   |                     |                                     |                                 |                  |
| <b>Mar aig 31 Màrt 2019</b>                               | <b>2,943</b>                           | <b>-</b>  | <b>-</b>            | <b>64</b>                           | <b>17</b>                       | <b>3,024</b>     |
| Mar aig 31 Màrt 2018                                      | 2,971                                  | 115   | 124                 | -                                   | -                               | 3,210            |



## 11. Luchd-fiach

|                                      | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|--------------------------------------|---------------|---------------|
| Luchd-fiach malairt                  | -             | 97            |
| Luchd-fiach eile                     | 1             | -             |
| Ro-phàighidhean agus teachd-a-steach | 184           | 63            |
| <b>Air fad</b>                       | <b>185</b>    | <b>160</b>    |

## 12. Airgead sa Bhanca agus Airgead làimhe

|                                       | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|---------------------------------------|---------------|---------------|
| Tasgaidhean gearr-ùine                | 4,288         | 3,712         |
| Airgead sa bhanca agus airgead làimhe | 29            | 58            |
| <b>Air fad</b>                        | <b>4,317</b>  | <b>3,770</b>  |

## 13. Luchd-creideis

|                     | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|---------------------|---------------|---------------|
| Luchd-creideis      | -             | 88            |
| Luchd-creideis eile | 6             | 2             |
| Tarmachasan         | 321           | 289           |
| <b>Air fad</b>      | <b>327</b>    | <b>379</b>    |

## 14. Solaran

|   | Peinnsean<br>£'000 | Cosg<br>Laghail<br>£'000 | VAT<br>£'000 | Air fad<br>£'000 |
|---|--------------------|--------------------------|--------------|------------------|
| Solar aig 1 Giblean 2018                  | 207                | 18                       | -            | 225              |
| Sùimean air an cleachdadh tron bhliadhna  | (16)               | (9)                      | -            | (25)             |
| Sùimean air an leigeil às tron bhliadhna  | (21)               | (9)                      | -            | (30)             |
| Sùimean air an solarachadh tron bhliadhna | -                  | -                        | 85           | 85               |
| Teachd-a-steach bho lasachadh             | 6                  | -                        | -            | 6                |
| <b>Ullachadh aig 31 Màrt 2019</b>         | <b>176</b>         | <b>-</b>                 | <b>85</b>    | <b>261</b>       |

Tha an t-solar peinnein co-cheangailte ris na dleastanasan san àm ri teachd do luchd-obrach a bha ann ron seo. Tha an t-solar stèidhichte air àireamhachadh mar aig 31 Màrt 2019 a' cleachdadh fiosrachadh co-cheangailte ris gach neach a bha ga fhaighinn. Tha ceann là-breith, gnè agus còraichean cèile sam bith air an gabhail a-steach. Bha reata lasachaidh de 2.4% air a chleachdadh a bha air a chomhairleachadh le Hymans Robertson. Tha an t-solar air a thoirt an uair a tha pàigheadh air a dhèanamh do gach neach a tha ga fhaighinn.

Tha an t-solar airson cosgaisean laghail co-cheangailte ri cùis FtT a chaidh fhuasgladh san Iuchar 2018. Chaidh cothromachadh an t-solair a thoirt seachad leis nach robh feum air tuilleadh.

Ann an 2018-19, bha teachd-a-steach a bha buailteach do chisean aig GTC Alba os cionn starsaich clàraidh VAT aig HMRC a tha a' cur riatanas air GTC Alba clàradh airson VAT. An dèidh tuilleadh sgrùdaidh, tha e coltach gun robh an starsaich sin air a briseadh thar bhliadhnachan ron seo. Tha solar air a bhith air a dhèanamh airson a' buailteachd cis VAT a bha ri phàigheadh air ais do HMRC agus obair a' dol gus faighinn a-mach a' cheann-là clàraidh airson seo.

## 15. Peinnein

Tha a' Chomhairle a' com-pàirteachadh ann an dà sgeama peinnein. Bha sianar luchd-obrach a' cur ri Sgeama-Peinneanachaidh Luchd-teagaisg Na h-Alba (STSS) tron bhliadhna (2017-18: Dithis). Bha tabhartasan luchd-obrach a' dol bho 10.4% gu 11.5% (2017-18: 10.4% gu 11.5%) airson luchd-obrach agus 17.2% (2017-18: 17.2%) airson luchd-fastaidh. Tha reata tabhartais luchd-fastaidh gu bhith air àrdachadh gu 23% bho 1 Sultain 2019 gu 31 Màrt 2023.

Is e sgeama sochair sònraichte a tha ann an STSS air a rianachd le Riaghaltas na h-Alba le reataichean tabhartais stèidhichte air so-mhaoinean bun-bheachdail suidhichte air an raon ris a bheillear a' dèiligeadh. Chan eil e comasach don sgeama a bhith a' sònrachadh roinn gach buidheann fa leth de na so-mhaoinean agus do-mhaoinean air bhun-stèidh co-sheasmhach agus reusanta. Tha a' Chomhairle mar sin a' dèiligeadh ris na cosgaisean peinnein sin mar sgeama tabhartais sònraichte.

Tha luchd-obrach na Comhairle gu mòr a' com-pàirteachadh ann am Maoin Peinnein Shrath Chluaidh (SPF), sgeama sònraichte air a rianachd le comhairle Baile Ghlaschu. Is e sgeama ioma neach-fastaidh a tha san sgeama. Tha tabhartasan bliadhnail an sgeama stèidhichte air moladh bho achdaire an sgeama. Tha cosgaisean làithreach agus an t-àm a chaidh seachad agus air an cur ris an Aithris air Gníomhan Ionmhasail gus a' chosgais a thathar a' sùileachadh a sgaoileadh airson a bhith a' tabhann pheinnein thar àm seirbheis an luchd-obrach leis a' Chomhairle. Bidh luchd-obrach a' toirt seachad eadar 5.5% agus 9.8% den tuarastal. Bha tabhartasan luchd-fastaidh aig 19.3% airson 2018-19 (2017-18: 19.3%).



Tha leasachaidhean tràth leigeil dheth dhreuchd neo-mhaoinichte a tha a' tuiteam air a' Chomhairle air an coinneachadh air fad an uair a bhios luchd-obrach a' leigeil dhiubh an dreuchd agus tha e air a chur ris an t-solar an uair a tha e air a phàigheadh. Bidh na tabhartasan luchd-fastaidh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2020 mu £362,000. Chaidh luachadh foirmeil a dhèanamh air an SPF mar aig 31 Màrt 2017 le achdaire teisteanach neo-eisimeileach, Hymans Robertson LLP. Gus measadh a dhèanamh air luach achdaireach do-mhaoinean SPF mar aig 31 Màrt 2017, tha achdairean an Sgeama air luach achdaireil nan do-mhaoinean a ghluasad air adhart a' gabhail a-steach atharrachaidhean ann an ro-bheachdan ionmhasail mar a tha air òrdachadh fo FRS 102, An Inbhe Aithris Ionmhasail a tha iomchaidh san RA agus Èirinn. Tha do-mhaoinean a' pheinnein a tha air a ghabhail a-steach annta a' gabhail a-steach buaidh breithneachadh McCloud.

B' iad na prìomh bheachdan a chaidh an chleachdadh mar aig 31 Màrt 2019 mar a leanas:

|                                      | 2019<br>% per annum | 2018<br>% per annum |
|--------------------------------------|---------------------|---------------------|
| Atmhorachd/Reata meudachadh peinnein | 2.5%                | 2.4%                |
| Meudachadh tuarastail                | 3.7%                | 3.6%                |
| Reata lasachaidh                     | 2.4%                | 2.7%                |

Tha na ro-bheachdan deamografach a tha air an gabhail co-chòrdail ri luachadh maoinachaidh foirmeil mar aig 31 Màrt 2019. Tha sùileachadh beatha airson luchd-peinnein agus feadhainn nach eil a' faighinn peinnein stèidhichte air an PMA/PFA92 clàran-bàsmhorachd "bliadhna breith".





Thathar air a bhith a' gabhail ris gum bi 5% de bhuill a bhios a' leigeil dhiubh an dreuchd airson am pàighidhean aon turas a mheudachadh chun na h-ìre as àirde a tha ceadaichte. Is iad na sùileachaidhean beatha a thathar a' gabhail ris bho aois 65:

|                                     |          | 2019<br>Bliadhna | 2018<br>Bliadhna |
|-------------------------------------|----------|------------------|------------------|
| Luchd-peinnsein<br>làithreach       | Fireann  | 21.4             | 21.4             |
|                                     | Boireann | 23.7             | 23.7             |
| Luchd-peinnsein<br>san àm ri teachd | Fireann  | 23.4             | 23.4             |
|                                     | Boireann | 25.8             | 25.8             |

Bha na so-mhaoinean san sgeama agus na reataichean faighinn air ais de na seilbheachdan mar aig 31 Màrt mar a leanas:

|                | Seòrsa so-mhaoin 2019 | Seòrsa so-mhaoin 2018 |
|----------------|-----------------------|-----------------------|
| Cothromasan    | 64%                   | 70%                   |
| Bannan         | 24%                   | 18%                   |
| Cuid-seilbhe   | 10%                   | 11%                   |
| Airgead-làimhe | 2%                    | 1%                    |

### Anailis Bileag Cothromachaidh

|   | 2019<br>£'000  | 2018<br>£'000  |
|---|----------------|----------------|
| Luach cothromach de So-mhaoin Luchd fastaidh (A)  | 12,699         | 11,747         |
| Luach Làithreach Do-mhaoin Maoinichte (B)         | (16,976)       | (14,310)       |
| Luach Làithreach Dleastanasan Neo mhaoinichte (B) | (42)           | (78)           |
| <b>Do-mhaoin lom sa Bhileag Cothromachaidh</b>    | <b>(4,319)</b> | <b>(2,641)</b> |

### A: Rèiteachd Luach cothromach So-mhaoin Luchd-fastaidh

|  | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|--|---------------|---------------|
| Fuasgladh Luach Cothromach de So-mhaoin an Sgeama          | 11,747        | 10,348        |
| Teachd-a-steach Sùilichte bho So-mhaoin an Sgeama          | 320           | 272           |
| Buannachdan Achdaireil                                     | 386           | 874           |
| Tabhartasan bho Fhastaiiche                                | 330           | 342           |
| Tabhartasan bho Chom-pàirtichean                           | 132           | 124           |
| Sochairean Tuairmsichte Pàighte (Lom bho Thar-aisig)       | (216)         | (213)         |
| <b>Luach cothromach So-mhaoin an Sgeama aig àm dùnaidh</b> | <b>12,699</b> | <b>11,747</b> |

### B: Rèiteachd Dleastanas Sochair Sònraichte

|  | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|--|---------------|---------------|
| Fuasgladh Luach Cothromach Do-mhaoin                       | 14,388        | 14,116        |
| Cosgais Seirbheis  | 732           | 677           |
| Cosgais Seirbheis a bha ann                                | 203           | -             |
| Cosgais Riadh  | 400           | 374           |
| Call / (Buannachdan) Achdaireil                            | 1,381         | (685)         |
| Sochairean Tuairmsichte Pàighte (Lom bho Thar-aisig)       | (216)         | (213)         |
| Sochairean neo-mhaoinichte pàighte                         | (2)           | (5)           |
| Tabhartasan bho Luchd-com-pàirt                            | 132           | 124           |
| <b>Luach cothromach Do-mhaoin an Sgeama aig àm dùnaidh</b> | <b>17,018</b> | <b>14,388</b> |

#### Is e sin:

| Do-mhaoin maoinichte    | 16,976        | 14,310        |
|-------------------------|---------------|---------------|
| Uallach neo-mhaoinichte | 42            | 78            |
|                         | <b>17,018</b> | <b>14,388</b> |

### Anailis den Aithris air Gníomhan Ionmhasail

|   | 2019<br>£'000  | 2018<br>£'000  |
|---|----------------|----------------|
| Easbaidh Fosglaidh                        | (2,641)        | (3,768)        |
| Cosgais Seirbheis Làithreach              | (732)          | (677)          |
| Cosgais Seirbheis an Ama a chaidh seachad | (203)          | -              |
| Tabhartasan Luchd-fastaidh                | 330            | 342            |
| Sochairean Neo-mhaoinichte Luchd-tabhairt | 2              | 5              |
| Cosgais Riadh                             | (400)          | (374)          |
| Sochairean Sùilichte air So-mhaoin        | 320            | 272            |
| Achdaireil (Call) / Buannachdan           | (995)          | 1,559          |
| <b>Easbaidh Dùnaidh</b>                   | <b>(4,319)</b> | <b>(2,641)</b> |

|  | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|--|---------------|---------------|
| Sochairean Dearbhte air So-mhaoin Sgeama | 706           | 1,652         |

## 16. Maoin agus So-mhaoin Lom a' Charthannais

| Anailis air Maoin                       | Mar aig 31 Màrt 2018<br>£'000 | Atharrachaidhean<br>£'000 | Ath aithris<br>Mar aig 31<br>Màrt 2018<br>£'000 | Teachd<br>a-steach<br>£'000 | Caiteachas<br>£'000 | Call/<br>buannachdan<br>aithnichte<br>£'000 | Glusad<br>eadar Cùl-<br>stòran<br>£'000 | Mar aig 31<br>Màrt 2019<br>£'000 |
|---|-------------------------------|---------------------------|---|-----------------------------|---------------------|---|---|----------------------------------|
| Duais George D Gray CBE MA              | -                             | 15                        | 15  | -                           | (1)                 | -   | -                                       | 14                               |
| Maoin Dileab SCEL                       | -                             | -                         | -   | 75                          | -                   | -   | -                                       | 75                               |
| <b>Cùl stòr cuingichte air fad</b>      | <b>-</b>                      | <b>15</b>                 | <b>15</b>                                       | <b>75</b>                   | <b>(1)</b>          | <b>-</b>                                    | <b>-</b>                                | <b>89</b>                        |
| Cùl stòr neo-chuingichte cruinnichte    | 5,158                         | -                         | 5,158   | 5,814                       | (5,975)             | -   | 705                                     | 5,702                            |
| Cùl stòr Ath-luachaidh                  | 1,363                         | -                         | 1,363   | -                           | -                   | -   | (22)                                    | 1,341                            |
| Cùl-stòr do-mhaoin sochair              | (2,641)                       | -                         | (2,641)   | -                           | -                   | (995)                                       | (683)                                   | (4,319)                          |
| <b>Cùl stòr neo-chuingichte air fad</b> | <b>3,880</b>                  | <b>-</b>                  | <b>3,880</b>                                    | <b>5,814</b>                | <b>(5,975)</b>      | <b>(995)</b>                                | <b>-</b>                                | <b>2,724</b>                     |
| <b>Maoin a' charthannais air fad</b>    | <b>3,880</b>                  | <b>15</b>                 | <b>3,895</b>                                    | <b>5,889</b>                | <b>(5,976)</b>      | <b>(995)</b>                                | <b>-</b>                                | <b>2,813</b>                     |

Is e duais bhliadhnail airson an tràchdas fo-cheum no sgrùdadh ann an tùs thrèanadh thidsear (ITE) as fhèarr ann an Alba a tha ann an Duais George D Gray CBE MA. B' e George D Gray CBE MA a' chiad Neach-clàraidh a bha aig GTC Alba agus an uair a chaochail e, chaidh maoin-urrais a chur air chois leis a' bhantrach aige, Dr Ethel Gray CBE mar chuimhneachan air a cèile agus airson a bhith a' brosnachadh rannsachadh de dh'àrd-chàileachd le fo-cheumnaichean.

Is e sgeama bursaraidh ùr airson a bhith a' toirt taic do luchd-teagaisg a bhith an sàs ann an rannsachadh a tha sa Mhaoin Dileab Colaiste na h-Alba airson Ceannardas Foghlaim (SCEL). Tha a' mhaoin ri faotainn mar dhileab bho SCEL a tha air a thighinn gu bhith na phàirt de Foghlam Alba. Bidh na tabhartasan airgid air am measadh le comataidh taghaidh an SCEL air bhun-stèidh fa leth le suas ri £2,000 ri fhaotainn airson gach iarrtas.

| So-mhaoin Lom                         | So-mhaoin<br>shuidhichte<br>£'000 | Airgead-<br>làimh<br>£'000 | Do-mhaoin<br>làithreach lom<br>eile<br>£'000 | Solaran<br>£'000 | Air fad<br>£'000 |
|---------------------------------------|-----------------------------------|----------------------------|--|------------------|------------------|
| Cùl-stòr cuingichte                   | -                                 | 89                         | -  | -                | 89               |
| Cùl-stòr neo-chuingichte              | 1,877                             | 4,228                      | (142)  | (261)            | 5,702            |
| Cùl-stòr ath-luachaichte              | 1,341                             | -                          | -  | -                | 1,341            |
| Cùl-stòr so-mhaoin sochair peinnsein  | -                                 | -                          | -  | (4,319)          | (4,319)          |
| <b>Maoin air fad aig 31 Màrt 2019</b> | <b>3,218</b>                      | <b>4,317</b>               | <b>(142)</b>                                 | <b>(4,580)</b>   | <b>2,813</b>     |
| Cùl-stòr cuingichte                   | -                                 | 15                         | -  | -                | 15               |
| Cùl-stòr neo-chuingichte              | 1,847                             | 3,755                      | (219)  | (225)            | 5,158            |
| Cùl-stòr ath-luachaichte              | 1,363                             | -                          | -  | -                | 1,363            |
| Cùl-stòr so-mhaoin sochair peinnsein  | -                                 | -                          | -  | (2,641)          | (2,641)          |
| <b>Maoin air fad aig 31 Màrt 2018</b> | <b>3,210</b>                      | <b>3,770</b>               | <b>(219)</b>                                 | <b>(2,866)</b>   | <b>3,895</b>     |

## 17. So-mhaoin agus Do-mhaoin Ionmhasail

|  | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|--|---------------|---------------|
| So-mhaoin Ionmhasail aig luach-crionaidh | 4,360         | 3,877         |
| Do-mhaoin Ionmhasail aig luach-crionaidh | (327)         | (394)         |
| <b>Air fad</b>                           | <b>4,033</b>  | <b>3,483</b>  |

Tha so-mhaoin agus do-mhaoin ionmhasail a' gabhail a-steach so-mhaoin agus do-mhaoin air fad gun a bhith a' cunntadh ro-phàighidhean.



## 18. Aontan làithreach

Is e na pàighidhean airson aontan a tha air an aithneachadh mar chosgais sa bhliadhna £6,916 (2017-18: £3,312). Is iad na pàighidhean as lugha airson aontan fo chumhan nach gabh an dubhadh às anns gach àm a leanas:

|  | 2019<br>£'000 | 2018<br>£'000 |
|--|---------------|---------------|
| Uidheam  |               |               |
| Nach eil nas fhaide na 1 bhliadhna                                 | 7             | 7             |
| Nas fhaide na 1 bhliadhna ach gun a bhith nas fhaide na 5 bliadhna | 20            | 26            |
| Nas fhaide na 5 bliadhna   | -             | -             |
| <b>Air fad</b>   | <b>27</b>     | <b>33</b>     |

## 19. Do-mhaoin tuiteamach

Tron bhliadhna, chuir GTC Alba a-steach eadar-theachd ann am Mòd-ceartais Ath-thagraidhean Cosnaidh (EAT) co-cheangailte ri Clàraiche. Cha deach sùim do-mhaoin sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann fhoillseachadh leis gum faodadh e a bhith air a chlaon-bhreith gu mòr.

## 20. Dleastanasan Calpa

Bha dleastanasan calpa aig GTC Alba airson an ama ri teachd de £19,000 (2017-18: £135,000). Airson na bliadhna 2019-20 tha a' Chomhairle ag aithneachadh gum faodadh so-mhaoin a bhith air a cheannach de £680,000 (2017-18: £230,000 airson na bliadhna 2018-19) a tha sa bhuidseat ach nach eil fhathast air a chur an gnìomh.

## 21. Àrachas Indeamnataidh

Phàigh GTC Alba £14,567 (2017-18: £13,216) airson àrachas indeamnataidh proifeiseanta sa bhliadhna a dhùin air 31 Màrt 2019.

## 22. Pàrtaidhean Co-cheangailte

Chan eil tar-ghnìomhan co-cheangailte ri pàrtaidh air a bhith air an coileanadh tron bhliadhna a dh'fheumas a bhith air am foillseachadh seach na tar-ghnìomhan le Buill Comhairle a chaidh am foillseachadh ann an nota 7.

## 23. Tachartasan an dèidh a' Chunntais Cothromachaidh

Chan eil tachartasan an dèidh a' chunntas cothromachaidh subsainteach ann a dh'fheumas a bhith air an socrachadh no air am foillseachadh.

## 24. Ath-rèiteachadh Caiteachas/Teachd-a-steach Lom ri Sruth Airgid a-steach bho Ghnìomhan-obrach

|   | 2019<br>£'000 | Ath aithris 2018<br>£'000 |
|---|---------------|---------------------------|
| Caiteachas/Teachd-a-steach Lom airson an àm aithris | (87)          | 16                        |
| Socraichte a rèir:                                  |               |                           |
| Dimeasadh agus luach-chrionaidh                     | 224           | 254                       |
| Riadh (air fhaighinn)                               | (18)          | (25)                      |
| Tabhartasan (air am faighinn) / pàighe              | (74)          | 1                         |
| (Meudachadh) / lùghdachadh ann an luchd-fiach       | (25)          | 15                        |
| (Lùghdachadh) / meudachadh ann an luchd-creideis    | (70)          | 40                        |
| Meudachadh / (lùghdachadh) ann an solar             | 36            | (41)                      |
| Glusad peinnsein air tachairt                       | 603           | 330                       |
| Cosgais rèidh sochair sònraichte                    | 80            | 102                       |
| <b>Airgead a-steach bho gnìomhan obrach</b>         | <b>669</b>    | <b>692</b>                |



**GTC Alba**

Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba

Taigh Clerwood, 96 Sràid Clermiston,

Dùn Èideann EH12 6UT

Fòn: 0131 314 6000

Facs: 0131 314 6001

Post-d: [gtcs@gtcs.org.uk](mailto:gtcs@gtcs.org.uk)

[www.gtcs.org.uk](http://www.gtcs.org.uk)

[www.in2teaching.org.uk](http://www.in2teaching.org.uk)

